


National Library of Scotland



B000476901

APS. I. 80. 103





URNUIGHEAN

AIR AN TOIRT A

LEABHAR URNUIGHEAN

Eaglais Aonaichte Shasuinn agus na h-Eiltean,

AIR AN DEANAMH FREAGARRACH ARSON

AORADH TEAGHLAICH,

MAILLE RI

FOIRMEAN URNUIGHEAN A THA RI'N GNATHACHADH
ANN AN GABHADH AIG FAIRGE.

Ge b'e nithe dh'iarras sibh air an Athair ann am ainmse, bheir e dhuibh iad. Gus a so eha d'iarr sibh ni air bith ann am ainmse : iarrasibh agus gheibh sibh, chum as gu'm bi nr n-aoibhneas Ian. Eoin xvi. 23, 24.

Ma dh'fhanas sibh annamsa, agus ma dh' fhanas m' fhocalsa ann-aibhse, iarraidh sibh gach ni a's aill libh, agus nithear dhuibh e. Eoin xv. 7.

Agus ge b'e air bith nithe dh'iarras sibh ann ur n-urnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad. Mata xxi. 22.

A ris a deiream ruibh, Ma choirdeas dithis agaibh air talamh mu thimchioll aon ni a dh'iarras iad, nithear so dhoibh le m' Athairs' a ta air neamh. Oir ge b'e ait am bheil dithis no triuir air an cruinn-eachadh an ceann a cheile a'm' ainmse, a ta mis' an sin 'n am moadh-on. Mata xviii. 19, 20.

LONDON:

PRINTED FOR THE PRAYER-BOOK & HOMILY SOCIETY,
AND SOLD AT THE DEPOT.

1858.

Faodaidh an Urnuigh a leanas a bhi air a gnathachadh roimh leughadh nan Sgriobtur.

A THIGHEARNA bheannaichte, a dh'orduich gach uile Sgriobtur Naomha a bhi air an sgriobhadh arson ar fòghluim-ne. Deònuich gu'n eisd sinn riu air a leithid do dhòigh, agus 'g an léughadh, 'g an comharrachadh, 'g an ionnsachadh, agus 'g an cnuasachd san leth a steach, chum 's le foighidin agus le comhf hurtachd o t'Fhocal naomha gu'n gabh sinn thugainn, agus gu'n gleidh sinn greim daingean air dòchas beannaichte na beatha maireannaich a thug thu dhuinn ann ar Slànuighear Iosa Criod. *Amen.*

Ann an Seachduinibh na Luaitre ri a radh gach la, air an son-san a tha ri'n gabhail gu Orduighibh Naomha,

DHE Uile-chumhachdaich, ar n-Athair neamhaidh, a cheannaich dhuit féin Eaglais choitchionn le fuil phris-eil do Mhic ionmhuinn; Gu tròcaireach amhaire oirre, agus (aig an àm so) stiuir agus riaghail inntinnean do sheirbhiseach na h-Easbuigean agus Buachaillean do threud, chum nach leagadh iad an lamhan gu h-obann air duine air bith, ach gu dileas agus gu glic gu'n deanadh iad roghainn do dhaoine ionchuidh a dheanamh seirbhis ann am Frithealadh naomh t' Eaglais: Agus dhoibh-san a blitheas air an òrdachadh gu dreuchd naomh air bith, thoir dhoibh do ghràs agus do bheannachadh neamhaidh, chum araon le an caithe-beatha agus le an teagasg gu'n nochdadh iad a mach do ghlòir, agus gu'n cuireadh iad air aghaidh slainte nan uile dhaoine, tre Iosa Criod ar Tighearna. *Amen.*

No i so,

DHE Uile-chumhachdach, tabhairtfhear nan uile dheadh thiodhlacan, a shocraich o d' fhreasdal diadhaidh caoch-ladh Orduighean ann a t' Eaglais : Thoir do ghràs, guidh-eamaid gu h-unihail ort, dhoibh-san uile a tha ri bhi air an gairm gu dréuchd agus gu frithealadh air bith innte; agus mar so lion iad le firinn do theagaist, agus sgeadaich iad le neo-chiontachd caithe-beatha, chum gu'n dean iad seirbhis dhileas ann a d' làthair, chum gloir do mhòr Ainm, agus tairbhe t'Eaglais naomh, tre Iosa Criod ar Tighearna. *Amen.*



URNUIGHEAN ARSON AORADH TEAGHLAICH.

URNUIGH MHADAINN.

A chead là, no Di-domhnuich.

An deigh aon do Leasain an latha a leughadh, no earrann eigin eile do na Sgriobtuirean Naomha tha'n teaghlaich uile ri seasamh snas, agus lenghaidh *Ceann an Teaghlaich* an rann a leanas do na Sgriobtuirean.

CUIMHNICH latha na Sàbaid a choimhead naomha.
Ecsodus xx. 8.

Ceann an Teaghlaich. Gu'n robh an Tighearna maille ruibh.

Freagradh. Agus maille ri d' Spiorad-sa.

An Teaghlaich uile ri a radh le cheile, air an gluinean,

ODHE uile-chumbachdaicb, agus Athair thròcairich, aig am hheil truas do gach neach, agus aig nach 'eil fuath do ni air bith a rinneadb leat ; agus leis nach toigh hàs a' pheacaich, ach hu rogbnaiche gu'm pilleadh e o a pheacadh, agus a bhi air a shaoradh; Gu tròcaireach maitb dhuinn ar n-easontas; gahh ruinn agus comhf burtaich sinn, a tha air ar cràdh agus sgìth do uallach ar peacaidhean. 'S e do thlachd-sa ghnath bhi tròcaireach; dhuit-sa mhàin buinidh maitheanas peacaidh. Uime sin caomhain sinn a Thighearna mhaith, caomhain do pbobull a shaor thu; na tionnsgain ann am breitheanas ri d' sheirbhisich, a tha 'n an duslach gràineil, agus 'n am peacaich thruagha; ach pill do chorruich uainne, a tha le macantas ag aideachadh ar gràinealachd, agus ag aideachadh ar cionta le fior aithreachas, agus mar sin dean cahhag chum 's gu'm hi sinn heò maille riut gu siorruidh anns an t-saoghal ri teacbd; tre Iosa Criod ar Tighearna. *Amen.*

Ceann an Teaghlaich.

O THIGHEARNA, tha sinn a' guidhie ort gu'n éisd thu
gu tròcaireach ri'r n-urnuighean, agus caomhain iad-
san uile a ta 'g aideachadh am peacannan dhuit-sa ; chum
gu'm biodh iadsan aig am bheil an cogaisean 'g an agairt
le'm peacannan a' faotainn maitheanais ; trid mòr thròcail
an Tighearn Iosa Criod. *Amen.*

No toisicheadh an t-seirbhis mar a leanas : an Teaghlaich uile
bhi 'n an seasamh, 's a' labhairt le cheile.

Te Deum Laudamus.

THA sinn a' toirt molaidh dhuit, O Dhe : tha sinn ag aid-
eachadh gur tu an Tighearna.

Tha 'n talamh uile a' toirt aoraidh dhuit : an t-Athair
bith-bhuan.

Riut-sa tha na h-aingil uile ag eighreach gu h-àrd : na
neamhan, agus na tha do chumhachdan anna.

Riut-sa tha Cherubin, agus Seraphin : do ghnath ag
eighreach.

Naomha, Naomha, Naomha : Tighearna Dia nan
Sluagh ;

Tha neamh agus talamh làn do Mhòrachd : do ghloire.

Tha coimhthional glòrmhor nan Abstol: a' toirt mol-
aidh dhuit.

Tha comunn maiseach na'm Faidhean : a toirt molaidh
dhuit.

Tha sluagh àluinn an Luchd Fianuis: a toirt molaidh
dhuit.

Tha'n Eaglais naomh feadh an t-saoghal : 'gad aideach-
adh.

An t-Athair: na mhòrachd shiorruidh.

T'aon Mhac, fior : agus urramach ;

Mar an ceudna an Spiorad Naomh ; an Comh-fhurtair.

Is tu Righ na gloir : O Chriosd.

Is tu Mac siorruidh : an Athar.

An uair a ghabh thu ort fein an duine a shaoradh : cha
d'rinn thu tàir air brù na h-Oighe.

An uair thug thu buaidh air guin a bhàs: dh'fhosgail
Thu rioghachd neamh do na h-uile chreidich.

Tha thu a d' shuidhe air deas laimh Dhe ann an gloir an
Athar.

Tha sinn a' creidsinn gu'n tig thu: gu bhi a-d' bhreitheamh oirnn.

Air an aobhar sin tha sinn a' guidhe ort, cuidich do sheirbhisich: a shaor thu le t'fhuil phriseil fein.

Dean an àireamh maille ri d' Naoimh: ann an gloir shiorruidh.

O Thighearna, sàbhail do shluagh; agus beannaich t'oighreachd.

Stiuir iad: agus tog suas iad gu siorruidh.

O la gu la: tha sinn 'ga d' mholadh;

Agus a' toirt molaidh do t'ainm gu bràth: saoghal gun chrioch.

Deonaich O Thighearna: ar cumail an diugh gun pheacadh.

O Thighearna, dean trocair oirnn: dean trocair oirnn.

O Thighearna leig le d' throcair luidhe oiruin: mar a ta ar n-earbsa annad.

O Thighearna, annad-sa chuir mi m'earbsa: na leig uamhas orm a choidhch.

An sin, air dhoibh uile cromadh sios.

Ceann an Teaghlaich. Deanamaid urnuigh

An Teaghlaich uile ri aithris comhla,

A Thighearna, dean tràcair oirnn.

A Chriosd, dean tràcair oirnn.

A Thighearna, dean tràcair oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichear t'Ainn. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar a thatar a deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail: Agus maith dhuinn ar cointainean mar mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'na'r n'aghaidh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o olc. Amen.

Ceann an Teaghlaich. O Thighearna, nochd do thròcair dhuinne.

Freagradh. Agus deònuch dhuinn do shlainte.

O Thighearna, sàbhail a' Bhan-righ.

Freagradh. Agus císd ruinne gu tràcaireach 'n uair a ghairmeas sinn ort.

Sgeadaich do sheirbhisich le fireantachd.

Freagradh. Agus dean do shluagh taghta aoibhneach.

O Thighearna, sàbhail do shluagh.

Freagradh. Agus beannaich t'oighreachd.

Tabhair sith ri'r linn-ne, O Thighearna.

Freagradh. Do bhrigh nach 'eil aon eile a chogas air ar son, ach thusa mhàin, O Dhe.

O Dhe, dean glan ar cridheachan an taobh a stigh dhinn.

Freagradh. Agus na buin do Spiorad Naomha uainn.

Ceann an Teaghlaich.

O Dhe, ar dídein agus ar neart, is tusa Ughdar na h-uile dhiadhachd; Bi ullamh, tha sinn a' guidhe ort, gu urnuighean treibh dhireach t'Eaglais éisdeachd; agus deònach gu'm bi na nithean sin a tha sinn gu dileas aig iarrайдh air am buileachadh oirnn gu h-éifeachdach, trid Iosa Criod ar Tighearna. *Amen.*

O Thighearna, do bhrigh agus as t'eugmhais fein, nach urrainn sinne aon ni a dheanamh a thoilicheas tu: Deònaich dhuinne gu trocaireach, gu'm bi an Spiorad Naomh a' seoladh agus a' riaghladh ar cridheachan anns na h-uile nithe: tre Iosa Criod ar Tighearna. *Amen.*

O Thighearn Iosa Criod, a chuir air tùs do theachdaire a dh'ullachadh do shlighe romhad: Deònaich do d'sheirbhisich agus do stiubhardaibh do rùn diomhair, air an amhluidh cheudna, gu'n ullaich 's gu'n deasaich iad do shlighe, le bhi 'ttonndadh cridheachan nan eas-umhail gu gliocais nam fircean, a chum aig 'ath-theachd gu breith a thoirt air an t-saoghal, gu'm bi sinn air ar faoatainn 'n ar sluagh taitneach 'na lathair-san, a tha beò 'sa rioghlaich-eas maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh gu siorruidh, aon Dia, saoghal gun chrioch. *Amen.*

An Urnuigh ghoirid a th'air a sonrachadh arson an la.

DHE Uile-chumhachdaich agus shiorruidh, a tha riaghladh gach ni air neamh agus air talamh; Gu gràsimhor

éisd ri achuinge do sheirbhisich, agus deònaich dhuinn do shith re uile làithean ar beatha ; trid Iosa Criod ar Tigh-earna. Amen.

GU'N robh gràs ar Tighearn Iosa Criod, gràdh Dhé an Athar, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu bràth. Anien.

URNUIGH FHEASGAIR.

A' Cheud là, no Di-domhnuich.

An deigh earrann do na Sgriobtuirean Naomh a leughadh, san Teaghlaich uile 'nan seasamh, tha na rannan a leanas ri bhi air an leughadh le Ceann an Teaghlaich ; no, feudaidh an ceud earrann a bhi air a sheinn leis an teaghlaich uile.

EIRIDH mi agus theid mi dh'ionnsuidh m'athar agus their mi ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaitheanais, agus a'd' làthair-sa, agus cha'n airidh mi tuilleadh gu'n goirte do mhac-sa dhiom. *Lucas xv. 18, 19.*

Na inntrinn ann am breitheanas le t'òglach ; oir ann a d' fhianuis cha'n fhireanachear duine beò air bith. *Salm cxliii. 2.*

An uair a chromas iad sios,

Ceann an Teaghlaich. Deanamaid urnuigh.

An Teaghlaich uile gu aithris comhla.

A Thighearna dean tràcail oirnn.

A Chriosd, dean tràcail oirnn.

A Thighearna, dean tràcail oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaicheadh t'ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a'deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail; Agus maith dhuinn ar cointainean, mar

mhaiteas sinne dhoibh-san a ta ciontachadh 'n ar n-aghadh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o ole. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

DHE Uile-chumhachdaich d'am bheil na h-uile chridheachan fosgaile d'an aithne na h-uile iarrtas, agus o nach 'eil nithe diomhair folaithe, glan smuainte ar cridhe le deachdadh do Spioraid Naoimh a chum gu'n gradh-aich sinn thu gu coimhlionta, agus gu'n arduich sinn le h-urram t'ainm naomh, tre Iosa Chriosd ar Tighearna. Amen.

Ceann an Teaghlaich. Tog a suas 'ur cridheachan.

Freagradh. Tha sinn 'g an togail ris an Tighearna.
Thugamaid buidheachas do'n Tighearna ar Dia.

Freagradh. Tha e ceart agus iomchuidh.

Ceann an Teaghlaich.

THA e ro cheart agus iomchuidh, agus mar dhleasanais fiachaichte oirnne, gu'n d'thoir sinn anns na h-uile àm, agus anns gach àite taing dhuitse O Thighearna a Dhe shiorruidh Uile-ehumhachdaich.

An Teaghlaich uile.

UIME sin, tha sinne le Ainglibh agus Ard ainglibh, agus uile shloigh na'n neamh a' glorachadh 'sa moladh t'ainm gu h-ard; 'ga d' mholadh gu bràth, agus ag radh, Naomha naomha, naomha, an Thighearna 'nan sluagh, tha neamh agus talamh làn do d' ghloir; Gloir a bhi dhuit O Thighearn a ta ro àrd. Amen.

GLOIR a bhi do Dhia anns na h-ardaibh: agus air talamh sith, deadh-ghean do dhaoinibh. Tha sinn ag iarruidh cliù agus moladh, agus aoradh, agus gloir, agus taing, a thoirt do t'ainm mor glormhor, o Thighearna a Dhe 'sa Righ na'n Neamh, agus Athair Uile-chumhachdaich.

A Thighearna, aon-ghin Mhic, Iosa Criosc; O Thighearna a Dhia, Uan Dhe, a Mhic an Athar a tha toirt

air falbh peacadh an t-saoghail, dean trocair oirnne. Thusa a tha toirt air falbh peacadh an t-saoghail, éisd ar n-urnuigh. Thusa a tha 'uad' shuidhe air deas laimh Dhe an Athar, dean trocair oirnne.

OIR is tusa a'd' aonar an Ti Naomha, is tusa a mhain an Tighearna, is tusa a mhain Criosd maille ris an Spiorad Naomha, a tha ro ard ann an gloir Dhe an Athar. Amen.

Ceann an Teaghlaich. An Urnuigh ghoirid air a sonrachadh air son an la.

O THIGHEARN uile-chumhachdaich agus a Dhe shiorruidh, deònaich, tha sinn a' guidhe ort, gu'n treòraich agus gu'n naomhaich, agus gu'n riaghail thu araon ar cridheachan, agus ar cuirp ann an slighe do lagha, agus t'aith-eantaibh; a chum agus tre thu bhi na do dhion laidir oirnn an so agus gu brath, gu'm bi sinn air ar gleidheadh an corp sa 'n anam : tre Iosa Criosd ar Tighearna, agus ar Slanuighear.. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, guidheamaid ort, deonaich gu'm bi na briathran a chuala sinn an diugh le ar cluasaibh ón leth a mach, le do ghras air a steidheachadh an taobh a stigh 'n ar cridheachaibh, a chum gu'n tugadh iad a mach annainn toradh dheadh oibre, a chum onair agus moladh t'ainme; tre Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

GU'N robh gràs an Tighearn Iosa Criosd, gràdh Dhé, an Athar, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu bràth. Amen.

URNUIGH MHADAIDH.

An dara là, no Di-luain.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlach ri seasamh suas. agus tha an rann a leanas ri leughadh le Ceann an Teaghlaich,

Cluinn ciod na briathran sólasach a tha Criosd ar Slàn-fhearr a' labhairt riusan uile a thionndaidh gu fìor ris.

THIGIBH a m' ionnsaidh-sa, sibhse uile a ta ri saothair,
agus fo throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas
dhuibh. *Mata*, xi. 28.

An sin a' lubadh sios,

Ceann an Teaghlaich. Deanamaid urnuigh.

An Teaghlaich uile ri radh comhla,

ATHAIR Uile-chumhachdaich, agus ro-thròcaireach,
chaidh sinn a' mearachd agus air seachran o d'shligi-
ibh mar chaoirich chaillte. Lean sinn tuille is fada inn-
leachdan agus miannan ar cridheachan féin. Chiontaich
sinn ann an aghaidh do laghannan naomh. Dh'fhàg sinn
gun deanamh na nithe bu chòir dhuinn a dheanamh, agus
rinn sinn na nithe sin nach bu chòir dhuinn a dheanamh,
agus cha-n'eil slainte annainn. Ach dean thusa O Thig-
earna trocair oirnn ciontach thruagha. Caomhain iadsan
O Dhe, a ta 'g aideachadh an lochdan, gabb air ais an
dream a ta deanamh aithreachais ; a reir do gheallanaibh
air a nochdadhbh do'n chinne-daonna, ann an Iosa Criod ar
Tighearna. Agus deonaich O Athair ro throcairich air a
sgath-san a so suas, gu'n caith sinne beatha-dhiadhaidh,
ionraic, agas mheasarra a chum gloir t'aiume naomha.
Amen.

Ceann an Teaghlaich.

OTHIGHEARNA, éisd gu tròcaireach ri'r n-urnuigh-
ean, tha sinn a' guidhe ort, agus caomhain iadsan a tha
'g aideachadh am peacannan dhuit-sa; chum gu'm biodh
iadsan aig am bheil an cogaisean 'g an agairt le'm peacan-
an a' faotainn maitheanais; trid mòr thròcair an Tighearn
Iosa Criod. *Amen.*

An Teaghlaich uile.

AR n-athair a ta air neamh, Naomhaichear t'ainm Thig-
eadh do rioghachd ; Deanar do thoil air talamh, mar
thatar a deanamh air neamh : Thoir dhuinn an diugh ar
n-aran lathail ; Agus maith dhuinn ar ciontainean mar a
mhaitheas sinnc dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh
Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o olc.
Amen.

Ceann an Teaghlaich.

O DHE, fear-didean nan uile a ta 'g earhsa annad, as t' eugmhais cha'n 'eil ni air bith laidir, no ni air hith naomh; Meudaich agus cuir an lionmhoireachd do thròcraig oirnne, chum air dhuitse bhi a t'fhear-riaghlaidh, a t'fhears-tiuraidh dhuinn, gu'n siubhail sinn troimh nithihh aimsir-eil, air chor 's nach caill sinn fadheòidh na nithe siorruidh; Deònaich so, O Athair neamhaidh, air sgàth Iosa Criod ar Tighearna. *Amen.*

O DHE, ar Cruith-fhear agus Fear-teasargainn a' chinne-daonna uile, gu h-umhail guidheamaid or tair son gach seors, agus inbhe dhaoine, gu'm bu deonach leat eolas a thoirt dhoibh, air do shlighiagh agus air do shlainte do na h-uile chinnich. Gu ro araiddh tha sinn a' guidhe air son deadh staid na h-Eaglais Choitchionn ; a chum gu'm bi i mar sin air a stiuradh agus air a riaghlaadh le d' dheadh Spiorad, chum na h-uile a ta 'g an aideachadh agus 'g an gairm fein 'nan Crioduidhean, gu'm hi iad air au treorachadh ann an slighe na firinn agus gu'n gleidh iad an creidimh ann an aonachd an Spioraid, ann an ceangal na sith agus ann an ionracas caithe-beatha. Fadheoidh, tha sinn a cur fo chùram do mhaiteis Atharail, iadsan uile a ta air dhoigh sa'm bith fo amghar, buaireadh iuntinn, cuirp no maoin ; [gu h-àraid iadsan arson am bheil ar n-ùr-nuighean air an iarraidh,] gu ma deonach leat cofhurtachd agus fuasgladh a thoirt dhoibh a reir an uireas-bhuidh fa leth, aig toirt foighidin fo am fulangasaihh, agus fuasgladh sona as an amhgharaibh uile : agus so tha sinn a' guidhe air sgath Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdach, Athair nan uile thròcairean, tha sinne do sheirbhisich neo-airidh a' toirt huidheach-as umhail agus ro chridheil dhuit air son t-uile inhaiteas agus do chaoimhneas gràdhach dhuinne agus do na h-uile dhaoine ; [gu h-àraid dhoibhsan a tha nis ag iarraidh am moladh agus an taing a thairgse dhuitsa arson do throcairean a dheònaich thu dhoibh.] Tha sinn 'ga d' mholadh arsou ar cruthachadh, ar teasargainn agus arson uile bheannachadh na heatha so; ach os ceann gach ni, arson do ghràidh gun choimeas ann an saoradh an t-saoghal le ar Tighearn

Iosa Criod; arson meadhonan nan gràs, agus dòchas na glòire. Agus thoir dhuinn mothachadh iomchuidh, tha sinn a' guidhe ort, air t'uile thròcairibh, chum gu'm bi ar cridheachan gu firinneach taingeil, agus gu'n nochd sinn a mach do mholadh, cha'n ann a mhain le ar bilibh, ach 'nar caithe-beatha ; le sinn fein a thoirt suas gu'd' sheirbhis, agus le gluasad ann ad' lathair an naomhachd agus an ionracas re ar n-uile laithibh, tre Iosa Criod ar Tighearna, d'an robh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomha, gach uile onair agus gloir, saoghal gu'n chrioch. Amen.

GU'N robh an Tighearna 'g ar beannachadh agus 'g ar coimhead; gu'n robh an Tighearn a' togail dealradh a ghnùis oirnn, agus a' toirt sìth dhuinn a nis agus gu bràth. Amen.

URNUIGH FHEASGAIR.

An dara là, no Di-luain.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha an rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich.

TIHA mi 'g aideachadh m'easaontais, agus tha mo pheacannan f'am chomhair a ghnàth. *Salm li. 3.*

Folaich do ghnuis o m' pheacannan, dubh a mach ar n-uil'easontais. *Salm li. 9.*

Ceann an Teaghlaich. Gu'n robh an Thighearna, maille ruibh.

Freagradh. Agus maille ri d'spiorad-sa.

An sin, air dhoibh uile cromadh sios.

Ceann an Teaghlaich. Deanamaid urnuigh.

An Teaghlaich uile ri aithris comhla,

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naombaichear t'Ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar a thatar a' deanamh air neamh : Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail: Agus maith dhuinn ar cointainean mar mhaiteas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o ole; Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

ODHE, o'm bheil gach uile rùn naomh, gach uile dheadh chomhairlibh, agus gach uile ohair cheart aig sruthadh; thoir do d'sheirbhiseach an t-sìth sin nach urrainn an saoghal a thoirt seachad; chum gu'm bi araon ar cridheachan air an suidheachadh gu géill a thoirt do t'aitheantaibh, agus mar an ceudna air dhuinn a bhi air ar dion leatsa o eagal ar naimhdean, gu'n caitheamaid ar n-aimsir ann am fois agus ann an samhchair, tre mhaiteas Iosa Criod ar Slànuighear. Amen.

SOILLSICH ar dorchadas tha sinn a' guidhe ort, O Thighearna, agus le d' mhòr thròcair dion sinn o gach uile ghàbhadh agus o chunnartaihh na h-oidhche nochd, arson gradh t'aon ghin Mhic ar Slànuighear Iosa Criod. Amen.

OThighearna ar n-Athair neamhaidh, ard agus cumhachdach, Righ nan Righrean, Tighearna nan tighearnan, aon fhear-riaghlaidh Phrionnsan, a tha o d' chathair rioghail a' coimhead na h-uile a tha'n comhnuidh air talamh: gu ro chridheil, ghuidheamaid ort thu choimhead le d' dheadh-ghean air ar Ban-Uachdar an ghrasail *VICTORIA*, agus mar so lion i le gras do Spioraid Naoimh a chum gu'n lùh i do ghnath gu d' thoil, agus gu'n gluais i ann a d' shlighe : Sgeadaich i gu pailt le tiodhlacaibh neamhaidh ; deonaich dh'i beatha bhuan ann an slàinte agus an saibhreas; neartaich i a dh'fhaotainn huaidh agus lamh-an-uachdar air a naimhdibh uile, agus fadheoidh an dèigh na heatha so, gu'm faigheadh i aoibhneas agus sonas siorruidh, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, tohar nan uile mhaiteas, tha sinn gu h-umhail a' guidhe ort thu bheannachadb a' Phrionnsa *Albert*, *Albert* Prionnsa Uales, agus an Teaghlaich Rioghail uile : Sgeadaich iad le d' Spiorad Naomh; dean saibhir iad le d' gbràs neamhaidb; soirbhich leò leis gach uile shonas; agus thoir iad gu d' rioghacbd mhaireannaich tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a tha na t-aonar ag oibreachadh miorbhuillean mòra; Cuir a nuas air ar n-Easbuigibb agus air ar Ministeiribh, agus air gach uile cho-thional a tha fo'n cùram, Spiorad slàinteil do ghràis; a chum's gu'm fior thoilich iad thu, dòirt a nuas orra gnàth dhriùchd do bbeannachaiddh: Deònaich so, O a Thighearna arson onair ar Fear-tagraidh agus ar n-Eadar-nibeadoinear Iosa Criod. Amen.

O DHE, a dh' ullaich do'n dream aig am bheil gradh dbuit; a' leithid do nithibh maithe 's tha dol thairis air tuigse duine ; Dòirt 'n ar cridheachaihb a' leitbid sin do ghradh dhuitse, chum air dbuinn do ghradhachadh thar na h-uile nithibh gu'm faigheamaid do gheallainnih, a tha dol thairis air na h-uile nithibh a's urrainn dhuinu a mhiannachadb, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

GU'N rohb gràs an Tighearn Iosa Criod, gràdh Dhé, an Atbar, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu bràth. Amen.

URNUIGH MHADAINN.

An treas la, no Di-mairt.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas. agus tha'n rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich,

IS iad iohairtean Dhé spiorad hriste: air cridhe briste agus hrùite, a Dhé, cha dean thusa tàir. *Saln li. 17.*

An sin, a' cromadh sios, an Teaghlaich r'a aithris comhla.

A THAIR Uile-chumhachdaich, agus ro throcaireach, chaidh sinn a mearachd agus air seachran o d' shligh-'ibh mar chaoirich chailte. Lean sinn tuille 's fada inn-leachdan agus miannan ar cridheachan fein. Chiontach sinn ann an aghaidh do lagha naomha. Dh'fhas sinn gun deanamh na nithe sin hu chòir dhuinn a dheanamh, agus rinn sinn na nithe sin nach hu cbòir dhuinn a dheanamh, agus cha-n'eil slainte annainn. Ach dean thusa O Thigearn, trocair oirnn, ciontaich thruagh. Caoinhain iadsan O Dhe a tha aig aideachadh am peacanna, gahh air ais a' muinntir a tha aithreach; A réir do gheallanabh air a nochdadhbh do'n chinne-dhaonna ann an Iosa Criod ar Tighearna. Agus deònaich, O Athair ro throcaireach, air a sgàth-san, gu'n caith sinn a so suas beatha dhiadhaidh, ionraic, agus mheasarra, chum gloir t'ainme naomha. Amen.

A T H I G H E A R N A, guidheamaid ort, fuasgail do shluagh o'n lochdaihh; ionnas trid do mhòr mhaiteis gu'm hi sinn uile air ar saoradh o cheanglaichibh nam peacannan sin a rinn sinn le ar laigse. Deònaich so, O Athair neamhaidh, air sgàth Iosa Criod ar Tighearna agus ar Slànuighear beannaichte. Amen.

An Teaghlaich uile.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichear t'ainm. Thig-eadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a' deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail; Agus maith dhuinn ar ciontainean, mar mhaiteas sinne dhoihh-san a ta ciontachadh 'n ar n-agbaidh; Agus na leig am huaireadh sinn, Ach saor sinn o olc; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhacbd, agus a' ghlòir, gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich. O Thighearna, na buin ruinn a reir ar peacannan.

Freagradh. Agus na toir luigheachd dhuinn a reir ar n-easontais.

Ceann an Teaghlaich.

ODHE, Athair thròcairich, nach dean tair air osnaich a' chridhe bhrùite, no air miann na muinntir a bhios dubhach; gu tròcaireach cuidich ar n-urnuighean a ta sinn a' deanamh ann ad' lathair, 'nar n-uile an-shocair agus amh-gharaibh, ge b'c uair air bith a luidheas iad gu trom oirnn, agus gu grasmhor éisd ruinn, a chum gu'm bi na h-uile sin uile, a ta innleachdan, agus cuilbheartan an diabhuil, no an duine ag oibreachadh 'nar n-aghaidh air an toirt gu neo-brigh, agus le freasdal do mhaitheis gu'm bi iad air an sgaoileadh; chum air dhuinne do sheirbhisich a bhi gun dochann le geur-leanmhuiun, gu'n tugamaid gu siorruidh tuille buidheachas dhuit ann a t'Eaglais naomha, tre Iosa Criosd ar Tighearna.

Freagradh. O Thighearna éirich, cuidich sinn, agus saor sinn air sgath t'Ainme.

Ceann an Teaghlaich.

OTHIGHEARNA, tog suas (tha sinn a' guidhe ort) do chumhachd, agus thig 'n ar measg, agus le mòr neart cobhair oirnn, a chionn tre ar peacannan agus tre ar n-aingidheachd gu bheil sinn gu cràiteach air ar bacail agus air ar cumail air ar n-ais o ruith na réis a chuireadh romhainn, chum gu'n deanadh do ghràs agus do thròcair fhialaidh gu luath còmhnadh agus fuasgladh oirnn trid diolaidh do Mhic ar Tighearna, d'an robh, maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, onair agus glòir, saoghal gun chrioch. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich agus shiorruidh, le d' ghràdh caomh do'n chinne-daonna, a chuir do Mhac ar Slanuighear Iosa Criosd, a ghabhail ar feola air fein, a dh' fhulaing bàs a' chroinn-chéusadh, a chum gu'n leanadh an cinne-daonna uile eiseimpleir a' mhòr umhlachd-san; gu trocaireach deonaich, gu'n lean sinne araon eiseimpleir 'fhoighidin, agus cuideachd gu'n deanar sinn 'n ar luchd co-pairt d'a ais-eiridh, tre an Iosa Criosd cheudna ar Tighearna. Amen.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhe, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH FHEASGAIR.

An treas là, no Di-mairt.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas,
agus tha an rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich.

IS fior an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor air
gabhlail ris, gu'n d'thainig Iosa Criod do'n t-saoghal a
thearnadh pheacach; 1 Tim. i. 15.

Ceann an Teaghlaich. Gu'n robh an Tighearna
maille ruibh.

Freagradh. Agus maille ri d' spiorad-sa.

An sin a' cromadh sios, An Teaghlaich uile r'a aithris comhla.

THIGHEARNA, bi tròcaireach dhuinne a tha 'n ar
peacaich agus saor sinn air sgàth t-ainme fein,

Is tusa an Dia mòr, a rinn, 'sa tha riaghlaich na'n uile
nithe: O saor sinn air sgàth t-ainme fein.

Is tusa an Dia mòr, roimh an còir eagal a bhi, os eeann
nan uile: O saor sinn, a chum gu mol sinn thu.

IS tusa O Thighearn a tha ciuineachadh na fairge an
uair a bheuchdas a tonnan, éisd ruinne, agus saor sinn a
chum 's nach sgriosar sinn.

O Shluanighhear bheunaichte, a shaor do dheisciobail
fein an uair a bha iad ullamh gu bhi air an sgrios anns an
stoirm, éisd agus saor sinn, tha sinn a' guidhe ort.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Criod, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

O Thighearna éisd ruinne.

O Criod éisd ruinne.

Dhé an t'Athair, Dhé a' Mhic, Dhé an Spioraid Naoimh
dean tròcair oirnn, saor sinn a nis agus gu bràth. Amen.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichear t'ainm Thigeadh do rioghachd ; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a' deanamh air neamh : Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail ; Agus maith dhuinn ar ciontainean mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o olc ; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd agus a' ghloir, gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

ODHE shiorruidh agus uile-chumhacndaich, a tha ghnath ni's deise gu eisdeachd, no tha sinne gu bhi 'g urnuigh agus a ta cleachdadhl tuilleadh a thoirt seachad no tha sinn ag iarraidh no a' toilltinn : Doirt a nuas oirnn saihhreas do thròcair, a' maitheadh dhuinn na nithe sin roimh am bheil ar n-inntinn fo gheilt, agus a' toirt dhuinn na nithe maithe sin nach 'eil sinu airidh air fhaotainn, ach tre mhaitheas agus eadar-ghuidhe do Mhic Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

ODHE, a dh'fhoillsich do Mhac beannaichte a chum oihre an diabhuil a sgrios, agus gu sinne a dheanamh 'nar cloinn do Dhia, agus 'nar n-oighreachan air beatha shiorruidh; Deònaich, guidheamaid ort, air dhuinn au dochas so hhi aguinn gu'n glanamaid sinn fein eadhon mar a ta esan glan ; chum an uair a dh'fhoillsichear e a ris le cumhachd agus mòr ghloir, gu'm bi sinn air ar deanamh cosmhuil ris-san 'na rioghachd shiorruidh agus ghlormhor far am hheil e beo agus a' riaghlaigh, maille riutsa O Athair, agus riutsa O Spioraid Naoimh, aon Dia sior, saoghal gun chrioch. Amen.

ODHE aig am bheil fios gu bheil sinn air ar suidheachadh ann a' meadhoin chunnartaihh co mor agus co lion-mhor, a chum air son anmhuinneachd ar nàduir, nach urrainn sinn do ghnath seasamh dìreach ; Deonaich dhuinne a' leithid do neart agus do dhìdean 's a chumas suas sinn anns na h-uile chunnartaihh, agus a hheir sinn troimh na h-uile bhuiridhean, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

THIGHEARNA guidheamaid ort, deònaich do d' shluagh gràs gu seasamh an aghaidh buairidhean an t'saoghal,

na feòla agus an diabhul; agus le cridheachan agus inntinnean fior-ghlan gu'n lean iad thusa an t-aon Dia fior, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

THIGHEARNA, guidheamaid ort gu'n ghleidheadh tu do theaghlaich an Eaglais ann an gnàth dhiadhachd; chum tre do dhidein gu'm bi i saor o na h-uile amhgaraihh agus gu cràbhach air a toirt thairis gu seirhhis a dheanamh dhuit ann an deadh oihrihh, chum glòir t'Ainm, tre Iosa Criod ar Tighearna.

DHE Uile-chumhachdaich a thug dhuinne gràs anns an àm so gus ar n-achanaich ghnàthaichte a dheanamh riut le aon rùn: agus a' gealltuinn, an uair a chruinnich-eas dithis no triuir an ceann a cheile ann a t-Ainm, gu'n d'thoir thu dhoiħħ an iarrtas; coimh-lion a nis O Thighearna, miannan agus iarrtais do sheirhhisich, mar is ro fheumail dhoibh; a' deonachadh dhuinn anns an t-saoghal so eòlas air t-fhirinn, agus anns an t-saoghal a ta ri teachd a bheatha mhaireannach. Amen.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gràdh Dhe, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH MHADAINN.

An ceathramh là no, Di-ciadain.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha'n rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich.

OIR is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal gu'n d' thug e aon-ghin Mhic fein, chum as ge h'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm hi a' hhcatha shiorruidh aige. Eoin. iii. 16.

An sin, a' cromadh sios, an Teaghlaich r'a aithris comhlà.

O DHE, agus Athair neamhaidh; dean trocair oirnne peacaich thruagh.

O Dhe a' Mac, Fear Saoraidh an t-saoghail: dean trocair oirnn peacaich thruagh.

O Dhe an Spiorad Naomh a tha teachd o'n Athair agus o'n Mhac: dean trocair oirnn peacaich thruagh.

O Thrianaid naomh bheannaichte, agus ghlormhor, tri Pearsannan, agus aon Dia: dean trocair oirnne peacaich thruagh.

Ceann an Teaghlaich. Na cuimhnich a Thighearna ar ciontainean no ciontainean ar sinnsearachd, agus na dean dioghalas oirnn air son ar peacannaibh: caomhain sinn a dheadh Thighearna, caomhain do shluagh, a shaor thu le d' fhuil ro phriseil, agus na bi an corruiich ruinn gu bràth.

Freagradh. Caomhain sinn, a Thighearna mhaith.

O gach ole is tubaist, o pheacadh, o innleachdaihh an diabhuil, o d' fheirg fein, agus o dhíeadh siorruidh.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

O gach uile dhoille cridhe; ardan o ghloir dhiomhain, agus o fhuar-chrahhadh, o pharmad, fhuath, agus mhi-rùn, agus o gach uile neo-thruacantas.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

O striopachas, agus o gach uile pheacadh marbh-tach eile; agus o uile chealgaireachd an t-saoghail, na feola agus an diabhuil.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

O dhealanach agus o stoirm; o phlaigh, o ghalair, o ghort; o chath agus o mhört, agus o hhàs obann.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

O gach uile aimhreite, cho-cheilg uaigneach, agus ar-amach; o gach uile theagasc mealltach, shaobh-chrahhadh, agus o eas-aontacbd; o chruas cridhe, agus o thàir a thoirt do t' Fhocal agus do t' Aitheantaihh.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

Le diomhaireachd do theachd naomha 'san Fbeoil; le d' Bhreith naomha, agus le d' Thimchioll-ghearradh; le d' Bhaisteadh, le d' Thrasgadh, agus le d' Bhuaireadh.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

Le d' chràdh agus t' Fhallas fala; le d' Chrann-ceusaидh agus le d' Fhulangas; le d' Bhàs luachmhòr agus le d' Adhlacadh; le d' Ais-eiridh agus do Dhol suas glormhor; agus teachd an Spioraid Naoimh.

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

Ann an uile àm ar n-àmgharaihh; ann an uile àm ar saibhris; anu an uair a' hhàis; agus ann an là a bhreitheanais,

Freagradh. A Thighearna mhaith, saor sinn.

A R n-Athair a ta air neamh, Naomhaicheadh t'Ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar a thatar a' deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail: Agus maith dhuinn ar ciontainean mar mhaiteas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh; Agus na leig am huaireadh sinn, Ach saor sinn o ole; Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

A Thighearna nan uile chumhachd agus neart, a ta a'd' ughdair agus a'd' thabhartair nan uile nithe maith; socraich ann ar eridheachaihh gràdh t-ainme, meudaich ann-ainn fior chreidinlh, beathaich sinn leis gach uile mhaitheis, agus le d' mhor throcair gleidh sinn anns na nithibh ceudna, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

G LEIDH, tha sinn a' guidhe ort O Thighearna t-Eaglais fein le d' ghnàth thròcair: do hhrigh as t-eug-mhais nach urrainn an duine amhunn gu'n tuiteam, gleidh sinne gu hràth le d' chòmhnamh, o gach uile ni dochannach, agus treòraich sinn a dh'ionnsaidh nan uile nithihs a tha tarbhach a chum ar slainte, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

D EONAICH, a Thighearna thròcairich, guidheamaid ort, do d' shluagh creideach maitheanas agus sìth; chum gu'm hiodh iad air an glanadh o'm peacannaibh uile, agus gu'n deanadh iad seirbhis dhuit le inntinn shamhach, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

D HE, a theagaisg eridheachan do shluagh fhirinnich, le solus do Spioraid Naoimh a chur g'an ionnsuidh

mar anns an àm so : Deonaich dhuinne leis an Spiorad cheudna mothachadh ceart a bbi aguinn anns na h-uile nithibh, agus gu siorrudh tuille gairdeachas a dheanamh 'na chomh-fhurtacbd naomh, troimh mhaitheas Iosa Criod ar Slanuigbear, a ta beò agus a' riaghladh maille riutsa, ann an aonachd an Spioraid cheudna aon Dia, saoghal gun chrioich. Amen.

DHE Uile-chumhachdach, Athair nan uile thròcairean, tha sinne do sheirbhisich neo-airidh a' toirt buidheach-as umhail agus ro chridheil dbuit air son t-uile mhaitbeas agus do chaoimhneas gràdhach dhuinne agus do na h-uile dhaoine; [gu h-àraid dhoibhsan a tha nis ag iarraidh am moladh agus an taing a thairgse dhuitsa arson do throcairean a dheònaich thu dhoibh.] Tha sinn 'ga d' mholadh arson ar cruthachadh, ar teasairginn, agus arson uile hheannach-adh na heatha so; agus os ceann gach ni, arson do ghràidh gun choimeas ann an saoradh an t-saoghail le ar Tigbearn Iosa Criod; arson meadhonan nan gràs, agus dòchas na glòire. Agus thoir dhuinn motbaebadh iomchuidh, tha sinn a' guidhe ort, air t'uile thròcairihh, chum gu'm bi ar eridheachan gu firinneacb taingeil, agus gu'n nochd sinn a mach do mholadh, cha'n ann a mbain le ar bilihh, ach 'nar caithe-heatha ; le sinn fein a thoirt suas gu d' sbeirhhis, agus le gluasad ann ad' lathair an naomhacbd agus an ionracas re ar n-uile laithibh, tre Iosa Criod ar Tighearna, d'an robb maille riutsa agus ris an Spiorad Naomha, gach uile onair agus gloir, saogbal gun chrioich. Amen.

GU'N robh gràs an Tighearn Iosa Criod, gràdh Dhé, an Athar, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu hràth. Amen.

URNUIGH FHEASGAIR.

An ceathramh là, no Di-ciadain.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlach ri seasamh suas, agus tha an rann a' leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlach.

REUBAIBH ur eridhe, agus ni h-e ur n-eudach; agus pillibh ris an Tighearna ur Dia ; oir tha e tràcaireach agus iochdmhor, mall a chum feirge, agus làn do chaomh-alachd, agus gahhaidh aithreachas mu'n olc. Joel ii.13.

Deanamaid urnuigh.

An sin a' cromaile sios, An Teaghlaich uile r'a aithris comhla.
 A Thighearna, dean tràcair oirnn.
 A Chriosd, dean tràcair oirnn.
 A Thighearna, dean tràcair oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichead t'ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a' deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail; Agus maith dhuinn ar ciontainean, mar mhaiteas sinne dhoihsan a ta ciontachadh 'n ar n-aghaidh; Agus na leig am huaireadh sinn, Ach saor sinn o olc; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

DHE Uile-chumhachdaich, leis nach fuathach ni air bith a rinn thu, agus a tha maitheadh am peacannaibh dhoihsan a tha deànamh aithreachais ; Cruthaich annainn eridheachan nuadh agus aithreachail, a chum air dhuinn da rireadh a hhi 'caoidh air son ar peacannaihh, agus ag aidmheil ar truaighe, gu'm faigh sinn uaitse, Dhia nan uile throcair, làù fhuasgladh agus maitheanas; tre Iosa Chriosd ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich agus shior mhaireannaich, a thug gràs dhuinne do sheirbhisich le aidmheil creidimh fior a db'aideachadh gloir na Trianaid shiorruidh, agus ann an cumhachd na Morachd Dhiadhaidh a dh'aoradh do'n Aonachd; Guidheamaid ort, thusa g'ar gleidheadh gu diongmholta anns a' chreidimh, agus gu siorruidh tuilleadh ar dion o na h-uile amhghàraibh, o'n is tusa a ta heò agus a' riaghlaadh, aon Dia, saoghal gun chrioch.

DEONAICH dhuinne Thighearna, guidheamaid ort, an Spiorad a smuainteachadh agus a dheanamh a ghnath na

nithe sin a ta ceart; chum gu'm bi sinne, nach urrainn ni maith sam bith a dheanamh as t-eugmhais, air ar deanamh leatsa gu ar beatha a chaitheamh a reir do thoil, tre Iosa Criosc ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich agus shior-mhaireannaich, tha sinn air ar teagascg le t'Fhocal naomh, gu bheil cridheachan Righrean ann a d' riaghait agus fo d' stiuradh agus gu bheil thu 'g an iompachadh agus 'g an tionndadh mar is taitniche do d' ghliocas diadhaidh; Gu h-umhal tha sinn a' guidhe ort, mar so cridhe do Bhan-oglaich, *VICTORIA*, ar Ban-righ, agus ar n-Uachdaran, iompachadh agus a stiuradh, chum 'na h-uile smuaintibh, bhriathraibh, agus oibrribh, gu'n sior iarr i t'onair agus do ghloir; agus gu'm bi i durachdach a ghleidheadh an t-sluaigh a chuir thu fo 'curam, ann an saibhreas, sith agus diadhachd: Deonaich so, O Athair throcairich, air sgàth do Mhic ionmhuinn Iosa Criosc ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, tobar nan uile mhaiteas, tha sinn gu h-umhal a' guidhe ort gu'm beannacheadh tu Prionnsa *Albert*, *Albert* Prionnsa Uales, agus an Teagh-lach Rioghail : Builich do Spiorad Naomh orra; dean saibhir iad le d' ghràs neamhaidh; soirbhich leo leis gach uile shonas; agus thoir iad gu d' rioghachd shiorruidh; tre Iosa Criosc ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, a thug le do Mhac Iosa Criosc Moran thiodhlacan luachmhor do t'Abstolaibh naomha, agus a dh'aithn dhoibh do threud fein a bheathachadh; Thoir gràs, tha sinn a' guidhe ort, do t'Easbuigean uile, Aodhairean t'Eaglais, chum agus gu'n searmonaich iad t'Fhocal gu treibhdhireach, agus gu'm fritheil iad gu cothromach na h-Orduighean naomha a bhuineas da; agus deonaich do d' phobull, gu'n lean iad gu h-umhal an ni sin, chum agus gu'n sealhhaich iad uile crùn na gloir mhair-eannaich, tre Iosa Criosc ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich agus throcaireach, o'd thiodh-lacaibh a mhain a ta e teachd, gu bheil do sheirbhiss Shi; a deanamh seirbhis fhior agus chliuiteach dhuit; Deonaich guidheamaid ort, gu'n dean sinne seirbheis co firinneach dhuit anns a' bheatha so, chum nach fàilnich

sinn fadheoidh air ruigheachd air do gheallanaibh neamhaidh, tre mhaiteas Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O THIGHEARNA, guidheamaid ort gu fàbharach thu dh' eisdeachd urnuighean do shluaign; chum gu'm bi sinne a ta gu ceart air ar claoi'dh air son ar cionta, gu troc-aireach air ar saoradh le d' mhaiteas, arson gloir t-ainme, tre Iosa Criod ar Slanuighear, a ta beo agus a' riaghlaigh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, sior aon Dia saoghal gun chrioch. Amen.

GUN robh gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gradh Dhe, agus co-chomunn an Spiorad Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH MHADAINN.

An cuigeamh là, no Diardaoin.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamli suas, agus tha'n rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich.

NOCHD dhomh do shlighean, a Thighearna; teagaitsg dhomh do cheumanna. Air sgàth t-ainme a Thighearna lugh mo chionta, oir a ta i mor. Salm xxv. 3. 11.

An sin, a' cromadh sios, an Teaghlaich r'a aithris comhla.

A Thighearna, dean tràcair oirnn.

A Chriosd, dean tràcair oirnn.

A Thighearna, dean tràcair oirnn.

PILL sinn, a Thighearna mhaith, agus bidh sinn air ar pilleadh. Bi fabharrach, O Thighearna, Bi fabharrach do d' phobull, a tha 'tionndadh riutsa le gul, trasgadh agus urnuigh. Oir is Dia tràcaireach thu, Làn do thruacantas, do dh' Fhad-fhulangas, agus do thruas mòr. Tha thusa a' caomhnadh 'n uair a tha sinn-ne a' toilltinn peanais, agus ann ad' chorruich tha thu 'smainteachadh air tràcair.

Caomhain do phohull, a Thighearna mhaith, caomhain iad, agus na leig le t' oighreachd a bhi air a toirt gu h-amhladh. Eisd ruinn, O Thighearn, oir is mòr do thròcraig, agus amhairec oirnn an deigh lionmhoireachd do thròcraigean; tre airidheachd agus eadar-mheadhonaireachd do Mhic Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaicheadh t'ainm Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamb, mar thatar a' deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-arau lathail; Agus maith dhuinn ar cointainean mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o ole; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumbachd agus a' ghloir, gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlach.

DHE Uile-chumhachdaich, thoir dhuinn gràs a chur dhinn-oibre an dorchadais, agus a chur umainn armachd an-t-soluis, a nis ann an àm na beatha bhàsmhor so, anns and' thainig do Mhic Iosa Criod g'ar coinhead ann an umh-lachd mhoir; chum anns an la dheireannach, an uair a thig e rinist 'na Mhorachd Ghlormhòr a thoirt breith ar aon air na beothaibh agus air na marbhabh, gu'n eirich sinne chum na beatha neo-bhasmhòr, trid-san a ta beo agus a' riagh-ladh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh a nis agus gu siorruidh. Amen.

O THIGHEARNA, ar n-Athair neamhaidh a Dhe Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a thug sinne gu sabhailte gu toiseach an là'n diugh; dion sinn le d' mhòr chumhachd; agus deonaich nach tuit sinn ann am peacadh air bith air an là so; agus nach ruith sinn ann an gné air bith do chunnart; ach gu'm bi ar n-uile dhcan-adais air au stiuradh le d' riaghlaigh-sa, chum gu'n deanam-aid do ghuath a ui sin a ta firinneach na d' shealladh, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O Dhe, is tu ughdair na sith, agus an ti aig am bheil gràdh do réite, ann an èolas a bhi againn ort, tha ar beatha co-sheasamh, is saorsainn iomlan do sheirbhis; Dion sinne do sheirbhisich unihail ann an uile ionnsuidhean ar

naimhdean ; chum nach biodh eagal neart eascairdean air bith oirnne a tha 'g earbsa gu cinnteach annad mar dliion tre chumhachd Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

A THAIR Uile-chumhachdaich, a thug t'aon Mhac gu basachadh air son ar peacannaibh, agus gu éirigh a ris air son ar fireanachaид; Deonaich dhuinn mar so gu'n cuir sinn uainn taois ghoirt a' nihi-rùin agus na h-aingidh-eachd, chum gu'n dean sinn do ghnath seirbhis dhuit ann a' fior-ghloine caithe-beatha agus firinn, tre mhaiteas do Mhic cheudna Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O DHE, a ta cur an ceilid do neart Uile-chumhachdach, gu ro shonruichte a' nochdadhbh trocair agus iochd; gu trocaireach deonaich dhuinne a' leithid a thomhas do d' ghràs, chum air dhuinne a bhi ruith an sligbibh t'aitheantaibh, gu'm faigh sinn do gheallanaibh gràsail, agus gu'm bi sinn air ar deanamh 'nar luchd co-pairt do t' ionmhas neamhaidb, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O DHE, tre shearmonachadh an Abstoil bheannaichte Pol, a thug air solus an t-soisgeil uile dealrachadh feadh an t-saoghail uile; Deonaich, guidheamaid ort, air dbuinn cuimhne bhi againn air iompachadh iongantach-san gu'n nochd sinn a mach ar taingealachd dhuitse arson an ni cheudna, le bhi leantuinn an fhoghlaim naoimh a theagaisg e, tre Iosa Criod ar Tighearua. Amen.

O THIGHEARNA, guidheamaid ort, gu trocaireach thu dh'eisdeachd urnuighcan do shluagh a tha gairm ort; agus deonaich araon gu'm beachdaich agus gu'n aithnich iad na nithe bu chòir dhoibh a dheanamh, agus cuideachd gu'm bi gràs agus cumhaichd aca gu creidmheach a choimh-lionadh na nithe ceudna, tre Iosa Criod ar Tighearoa. Amen.

GU'N robh gràs an Tighearn Iosa Criod, gràdh Dhé, an Athar, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu bràth. Amen.

URNUIGH FHEASGAIR

An cuigeamh là, no Diardaoin.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha an rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich.

Cruthaich annam cridhe glan, a Dhe; agus ath-nuadh-aich spiorad ceart an taobb a stigh dbiom. Salm li. 10.

An sin a' cromadh sios,
Ceann an Teaghlaich.

GLEIDH sinne, O Thighearna ann ar n-uile dheanadas
Le t'fhabhar ro ghràsmhor, agus cum sinn air ar n-aghaidb le d' chomhnadb cunbalacb; cbum gu'm bi ar n-uile oibre a' toiseachadh, 'sa dol air aghaidh, 'sa criochnachadh anuad-sa, a chum gu'n gloraich sinn t'Ainm naomb agus fadheoidb le d' throcair gu'm faigh sinn a' bheatha mbaireannach; tre Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

ODHE throcairich, deonaich gu'm bi an seann Adhamh air adhlacadh anns na pearsaibb so air cbor 's gu'm bi an duine nuadh air a tbogail suas annta. Amen.

Deonaicb gu'm bi na h-uile aignibh feolmhor air bàsachadh annta, agus gu'm bi na h-uile nithe a bhuiteas do'n Spiorad beò agus a' cinntinn annta. Amen.

Deonaich gu'm faigh iad cumbachd agus neart gu buaidh gu lanlh-an-uachdar fhaotainn air an diabbol, air an t-sao-ghail, agus air an fbeoil, Amen.

DHE Uile chumhachdaich, a thug air do Mhac beann-aitche a bhi air a thimchioll-ghearradh, agus a bhi umhail do'n lagh arson an duine; Deonaich dhuinne fior tbimchioll-ghearradh an Spioraid, chum air d'ar cridheachan, agus d'ar n-uile bhuill a bbi air an striochdadhb o na h-uile ana-mhiannaibh saoghalta agus feolmhor, gu'n géillea'maid anns na h-uile nithibh do d' thoil bheannaichte tre an aon cheudna, do Mhac Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

An Teaghlaich uile ri radh comhla,

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichead t'Ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar a thatar a' deanamh air neamh : Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail: Agus maith dhuinn ar ciontainean mar mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar u-aghaidh; Agus na leig am huaireadh sinn, Ach saor sinn o ole; Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

ODHE Uile-chumhachdaich, is e eòlas firinneach a hhi. ort, a bheatha mhaireannach ; Deonaich dhuijne gu'ni bi fior eolas againn gur e do Mhac Iosa Criod an t-slighe an fhirinn, agus a' bheatha ; chum air dbuinn a hhi aig leantuinn ceumannna t-abstoil naomha, Philip agus Sheumais, gu'n gluaiseamaid gu diongmhalta anns an t-slighe a tha treorachadh a chum na beatha shiorruidh, tre an aon cheudna, Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

OTHIGHEARNA, nach failnich a chaoi'dh air comhnadh agus riaghlaigh a thoirt do'n mhuinntir a tha thu a' togail suas ann a t'eagal, agus ann ad' ghradh diongmhalta; gleidh sinne, guidheamaid ort, fo dhion do dheadh-fhreasdail, agus thoir oirnn gnàth-eagal, agus gradh a hhi againn do t'Ainm naomh, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

ODHE Uile-chumhachdaich, a thug le d' Mhac Iosa Criod iomadh tiodblac oirdhearc do t' Abstol Naomh Peadar, agus a dh' aithn dha gu ro dhùrachdach do threud a bheathachdh; tha sinn a' guidhe gu'n tugadh tu air na h-uile Easbuig agus air gach uile bhuachaille t' Fhocal naomh a shearmonachadh gu dùrachdach, agus thoir air an t-sluagli am focal ceudna a leantuinn gu h-umhal, chum gu'm faigheadh iad crùn na glòir shiorruidh, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, ar n-Athair neamhaidh, a cheannaich dhuit fein Eaglais choitchionn, le fuil phris-eil do Mhic ionmuinn ; gu tròcaireach amhairec oirre, agus

anns an àm so stiuir agus riaghail inntinnean do shcirhh-isich na h-Easbuigean, agus Buachaillean do threud, chum nach leagadh iad an lamhan gu h-ohann air duine air hith, ach gu dileas agus gu glic, gu'n deanadh iad roghainn do dhaoine iomchuidh, a dheanamh seirbhis ann am Frithealadh naomh t'Eaglais: Agus dhoibhsan a bhitheas air an orduchadh gu dreuchd naomha air bith, thoir dhoihh do ghràs agus do hheannachadh neamhaidh, a chum araon le an caithc-heatha agus le'n teagastg, gu'n nochdadh iad a mach do ghloir, gu'n cuireadh iad air aghaidh sàhhaladh nan uile dhaoine, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich a ta a t'aonar comasach air tograihh, agus aignibh mi-riaghailteach dhaoine peacach a cheannsachadh; Deon aich do d' shluagh, gu'n gràdh-aich iad an ni a ta thu 'g iarruidh, agus gu 'miannaich iad an ni a ta thu gealltuinn; ionnus a measg chaochlaidhean iomadach agus lionmhòr na beatha so, gu'm hi ar cridheachan gu cinnteach an sin suidhichte, far am hheil fior aoibhnis r'am faotainn, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gràdh Dhe, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH MHADAINN.

An seathamh là, no Di-haoine.

An deigh a' Chaibdeil, tha au Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha na rànnan a leanas r'an leughadh le Ceann an Teaghlaich.

DO'N Tighearna ar Dia, buinidh trocairean agus maith-eanais, ge do rinn sinne ar a mach 'na aghaidh; ni mo a thug sinn géill do ghuth an Tigharna ar Dia gu gluasad na shlighibh a chuir e romhainn. Dan, ix, 9, 10.

Folaich do ghnuis o'm pheacaibh, agus duhh as m'eus-antais gu leir. Salm li. 9.

An sin a' cromadh sios,
Ceann an Teaghlaich.

O Shlánúighear an t-saoghail, is tua a shaor sinne le fuil luachmhíor do chroinn-cheusaidh, sabhail sinne, agus cuidich sinn, tha sinn gu h-umhail a' guidhe ort O Thighearna.

Tha sinne peacaich a' guidhe ort, gu'n éisd thu ruinn O Thighearna a Dhe: agus gu'm bu toil leat t'Eaglas naomh choitcheann a riaghlaigh agus a stiuradh anns an t-slighe cheirt;

Freagrath. A Thighearna mhaith, éisd ruinn tha siun a' guidhe ort.

Gu ma toil leat, thu choimhead 's a neartachadh ann ad' t'fhior aoradh fein, ann am fireantachd, agus an naomhachd do shearbhant *VICTORIA*, ar Ban-righ ro ordheirc, agus ar n-Uachdaran;

Freagrath. A Thighearna mhaith, éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat a cridhe a riaghlaigh ann a d' chreidimh a t'eagal, agus ann ad' ghradh, agus gu'm bi i do ghnáth muinghineach annadsa, agus gu'n iarr i gu bràth t-onair agus do ghloir;

Freagrath. A Thighearna mhaith éisd ruinne, tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat a bhi a' t'fhear dion, is gleidhidh oirre 's gu'n toir thu buaidh dh'i thairis air a h-uile naimhdibh;

Freagrath. A Thighearna mhaith éisd ruinne, tha siun a' guidhe ort.

Gu ma toil leat thu bheannachadh, agus a dhion, Prionns' *Albert* agus *Albert* Prionnsa Uales, agus an Teaghlaich Rioghail uile;

Freagrath. A Thighearna mhaith éisd ruinn, tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat gu'n soillsich thu ar n-Easbuigean agus ar Sagairt, agus ar Deacain, le fior eolas agus tuigse air t'fhocal; a chum araon le an searmonachadh, agus le an caithe-beatha gu'n cuir iad an céill, agus gu'n nochd iad a bhi gluasad da réir;

Freagrath. A Thighearna mhaith éisd ruinn, tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat gràs, is gliocas, is tuigse, a bhuiileachadh

air uile Thighearnan na Comhairle agus air na h-Uaislean;

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat gu'm beannaich, agus gu'n gléidh thu an Luchd-riaghlaidh a chum gu'n cuir iad ceartas an gniomh agus gu'n seas iad an fhirinn;

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn, tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat thu a bheannachadh agus a ghleidhidh do shluigh uile.

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd sinn, tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat sith, is aonachd, is còrdadh a bhi eadar na h-uile chinnich.

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat cridhe a thoirt dhuinn anns aìn biodh t'eagal agus a ghradhaicheadh tu, agus a ghluaiseadh gu durachdach ann an slighibh t'aitheantaibh.

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat gu'n toir, agus gu meudaich thu gràsan do shluaign fein gu éisdeachd gu foighidneach ri t' fhocal agus a chum a ghabhail le mor thlachd, agus gu bhi toirt a mach toraidhean an Spioraid.

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat, na h-uile a tha air am mealladh 'sa tha a mearachd a thoirt gu slighe na firinn;

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat, an dream a tha ullamh gu stad a neart-achadh, agus cobhair is cofhurtachd, a thoirt dhoibhsan a tha lag-chridheach; agus tog suas an dream a tha tuiteam; agus fadheoidh gu'n cur thu sios Satan fo 'r casaibh.

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn, tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat cobhair, cuideachadh, agus cofhurtachd a thoirt dhoibhsan a tha 'n cunnart air bith, no'n éigin, no an trioblaidibh;

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat gu'n coimhead thu na h-uile a ta siubh-

al air muir, no tir, na h-uile hean a ta ri saothair chloinne, no muinnir thinn, no clann òg ; agus gu'n gabhadh tu truas do na h-uile bhraighdibh, agus phriosanaich :

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat, gu'n dion, agus gu'n ullaich thu arson na cloinne a ta na'n dilleachdain, 's arson na 'm hantrach agus na h-uile ta aonaranach, agus fo fhoirneart ;

Freagradh. A Thighearna mhaith, éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat tràcair a dheanamh air na h-uile dhaoinibh ;

Freagradh. A Thighearna mhaith, éisd ruinn tha sinn a guidhe ort.

Gu ma toil leat maitheanas a thoirt do'r naimhdibh, agus do'r luchd-geur-leanmuinn, agus do'r luchd cul-ehàinidh agus iompaich an cridheachan ;

Freagradh. A Thighearna mhaith éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat gu'n tabhair agus gu'n gléidh thu gu caoimhneil air son ar feum, toraidhean na talmhuinn, chum agus aig an àm iomchuidh, gu'n sealbhaich sinn iad ;

Freagradh. A Thighearna mhaith, éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Gu ma toil leat fior aithreachas a thoirt dhuinn ; agus maitheanas 'n ar n-uile pheacannan, dearmaid, agus aineolaic ; agus builich oirnn gràsan do Spioraid Naoimh a chum gu'm bi sinn beò a réir t'fhocal naoimh ;

Freagradh. A Thighearna mhaith, éisd ruinn, tha sinn a' guidhe ort.

A Mhic Dhé; éisd ruinn tha sinn a' guidhe ort.

Freagradh. A Mhic Dhé; éisd ruinn, tha sinn a' guidhe ort.

O Uain Dé: a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal;

Freagradh. Deònaich dhuinn do shìth.

O Uain Dé: a tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghal;

Freagradh. Dean tràcair oirnn.

An Teaghlaich uile ri radh comhla,

O Chriosd éisd ruinne.

* A Thighearna dean tràcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichear t'ainm. Thig-eadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a' deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail; Agus maith dhuinn ar cointainean, mar mhaiteas sinne dhoibh-san a ta ciontachadh 'n ar n-aighaidh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o ole; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, gu siorruidh. Amen.

O Thighearna, na toir luigheachd dhuinn a réir ar peacannan.

Na buin ruinn a réir ar n-aingidheachd.

Dion sinn o'r naimhdean, O Chriosd.

Gu gràsmhor seall air ar n-amhgharaibh.

Thoir fainear le truas, doilgheas ar cridheachan.

Gu trocaireach maith peacannan do shluagh fein,

Gu fabharach trocaireach éisd ar n-urnuighibh.

O Mhic Dhaibhidh, dean trocair oirnne.

Deonaich gu'n éisd thu ruinn, o so a mach agus gu bràth O Chriosd.

Gu gràsmhor éisd ruinn, O Chriosd; gu gràsmhor éisd ruinn O Thighearna a Chriosd;

O Thighearna, nochd do thròcair dhuinnc;

Mar a tha sinn ag earbsa annad.

Ceann an Teaghlaich.

GU h-umhail guidheamaid ort, O Athair, gu tròcaireach amhairc air ar n-anmhuiinneachdaibh; agus air son gloir t'ainme, tionndaidh uainn na h-uile siu uile à thoill sinn gu ro cheart; agus deonaich, 'nar n-uile amhgharaibh gu'n cuir sinn ar n-earbsa agus ar muinghin ann ad' throc-air-sa, agus gu'n dean sinne gu siorruidh tuille seirbheis dhuit ann an naomhachd agus am fior-ghloine caithe-beatha a chum t'onair agus do ghloir; tre ar n-aon Eadar-mheadhonaic agus ar Fear-tagraidh, Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gradh Dhe, agus co-chomunn an Spiorad Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH FHEASGAIR.

An seathamh là, no Di-haoine.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha'n rann a leanas r'a leughadh le Ccann an Teaghlaich.

MA their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'gar mealladh fein, agus cha'n 'eil an fhirinn annainn; Ma dh'aidicheas sinn ar peacanna, tha esan firinneach, agus eeart, a chum ar peacanna a mhaiteadh dhuinn, agus ar glauadh o gach uile neo-fhireantachd. 1 Eoin i. 8, 9.

DHE Uile-chunihachdaich, Athair ar Tighearna Iosa Criod, Cruthadair nan uile nithe, Breitheamh nan uile dhaoine; tha sinne ag aideachadh, agus a' caoidh arson ar peacannan agus ar n-aingidheachd lionmhor, a chuir sinn o àm gu àm gu ro uamhasach an gniombh, le smuain, le focal, agus le deanadas, an aghaidh do mhòrachd Dhiadhaidh, a' brosnachadh t'fheirg agus do chorruich gu éiridh 'nar n-aghaidh; Tha sinn gu durachdach a' gabhail aithreachais, agus tha bròn eridhe oirnn air son ar droch dheanadas; tha cuimhneachadh orra cràiteach dhuinn; agus nan eallach do-iomchair dhuinn; Dean tròcair oirnn, dean tròcair oirnn, Athair ro thròcairich, air sgàth do Mhic ar Tighearna Iosa Criod maith dhuinn na h-uile ni chaidh seachad; agus deonaich gu'n dean sinne gu bràth an dèigh so seirbhis thaitneach dhuit an nuadhachd beatha, chum onair agus gloir t-ainme, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichear t'Ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh mar a thatar a' deanamh air neamh: Thoir dliuinn an diugh ar n-aran lathail: Agus maith dhuinn ar ciontaincan mar mhaiteas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o olc; Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

O THIGHEARNA o'm hheil na h-uile nithe maithe a' teachd, deonaich dhuinne do sheirbhisich umhail, gu'n smuaintich sinne le d' hheothachadh naomh air na nithibh sin a ta maith, agus le d' stiuradh trocaireach gu'n coimhlion sinn na nithe ceudna, tre ar Tighearna Iosa Criod, Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, tha sinn a' guidhe ort, gu'n toir thu fainear gu gràsmhor do theaghlach fein, air sou an robh ar Tighearn Iosa Criod toileach a hhi air a hlirath, agus air a thoirt thairis do lamhaihh dhaoine aingidh, gu hàs a chroinn-cheusaiddh fhulang; Neach a ta nis beo agus a 'rioghachadh maille riutsa, agus ris an Spiorad Naomh gu hràth aon Dia, saoghal gu'n chrioch, Amen.

O DHE Uile-chumhachdaich, agus shlor-mhaireannaich, is ann le d' Spiorad-sa a ta corp iomlan na h-Eaglais air a riaghlaigh agus air a naomhachadh; gahh ar n-achan-aich agus ar n-urnuighean, a ta sinn a' tairgse ann ad' lath-air air son uile inhhibh dhaoine, ann a t-Eaglais naoimh chum gu'n deanadh gach ball do'n chorp cheudna, ann a ghairm agus na dhreuchd, seirhhis fhirinneach agus dhia, dhaidh dhuit, tre ar Tighearna agus ar Slanuighear Iosa Criod. Amen.

O DHE throcaireach, a rinn na h-uile dhaoine, agus aig nach 'eil fuath air ni air hith a rinn thu, agus leis nach miann bàs peacaich, ach leis am fearr e hhi air iompachadh, agus a bhi heò; Dean trocair air na h-uile Iudhaich, Turcaich, Mi-chreidich, agus shaohh-chreidich, agus thoir uapa na h-uile aineolas, cruas-cridhe, agus tàir air t'fhocal leis am hheil iad air an dalladh agus mar so thoir iad dachaidh, a Thighearna hheannaichte gu d' threud, a chum gu'm bi iad air an sàhhhalaigh a measg iarmad na fior Israelach agus air au deanamh 'nan aon treud, fo 'n aon hhuachaill Iosa Criod ar Tighearna, a ta heò, agus a' riaghlaigh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, aon Dia, saoghal gun chrioch. Amen.

O DHE Uile-chumhachdaich, a thog t'eaglais air steigh nan Abstol, agus nam Fàidhean, Iosa Criod fein na chlach-chinn na h-oisinn; Deonaich dhuinne mar so hhi air

r n-aonadh r'a cheile ann an aonachd an Spiorad le'n teaghasg-san, chum gu'm bitheamaid air ar deanamh 'nar teampull naomha taitneach dhuitse, tre Iosa Criod ar Tighearna, Amen.

DEONAICH O Thighearn, guidheamaid ort, gu'm bi cursa an t-saoghail air ordachadh co siothchail le do riaghlaigh-sa, chum 's gu'n dean t'Eaglais seirbhis dhuit gu h-aoibhneach anns gach uile shamhchair dhiadhaidh, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gràdh Dhe, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH MHADAIND.

An seachdamh là, no Di-sathuirne.

An deigh a' Chaibdeil, tha au Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha na rannan a leanas r'an leughadh le Ceann an Teaghlaich.

AN uair a philleas an t-aingidh air falbh o aingidheachd a chuir e an gniomh, agus a ni e an ni a ta dligheach agus ceart, gleidhidh e 'anam beò. Esec. xviii. 27.

Tha mi ag aideachadh m'eusaontais, agus tha mo pheachaidh a'm' làthair a ghnath. Salm li. 3.

An sin, a' cromadh sios, an Teaghlaich r'a aithris comhla.

ATHAIR Uile-chumhachdaich, agus ro throcaireach, chaith sinn a mearachd agus air seachran o d'shligibh mar chaoirich chailte. Lean sinn tuille 's fada inn-leachdan agus miannan ar eridheachan fein. Chiontaich sinn ann an aghaidh do lagha naomha. Dh'fhag sinn gun deanamh na nithe sin bu chòir dhuinn a dheanamh, agus rinn sinn na nithe sin nach bu chòir dhuinn a dheanamh, agus cha-n'eil slainte annainn. Ach dean thusa O Thighearna, trocair oirnn, ciontaich thruagha. Caoinhain iadsan

O Dhe a tha ag aideachadh am peacanna, gabh air ais a' mhuinntir a tha aithreach; A réir do gheallanaibh air a nochdadh do'n chinne-dhaonna ann an Iosa Criod ar Tighearna. Agus deònaich, O Athair ro throcaireach, air a sgàth-san, gu'n caith sinn a so suas beatha dhiadhaidh, ionraic, agus mheasarra, chum gloir t'ainme naomha. Amen.

Ccann an Teaghlaich.

O DHE, aig am bheil e mar bhuaidh agus mar chleachadh, a bhi do ghnath trocaireach agus a' toirt maith-eanas, gabh ar n-achanaich umhail; agus ge do tha sinn air ar ceangal agus air ar cuibhreachadh le slabhruidh ar peacaidh, gidheadh deanadh truacantachd do mhor throcair ar fuasgladh, arson onair Iosa Criod ar n-Eadar-mheadh-onair, agus ar Fear-tagraidh, Amen.

DHE Uile-clumhachdaich agus shior-mhaireannaich a theagaig dhuinne le t'abstoil naomha urnuighcean, agus athchuinge a dheanamh, agus taing a thoirt air son nan uile dhaoine, gu h-umhail tha sinn a' guidhe ort gu ro throc-aireach thu ghabhail ar n-urnuighean a ta sinn a' taigse do d' Mhorachd Dhiadhaidh, agus a' guidhe ort, do ghnath an Eaglais choitcheann a bheothachadh le Spiorad na firinn, na h-aonachd, agus na sithe: agus deonaich dhoibh-san uile a ta 'g aideachadh t'ainm naomha, cordadh ann am firinn t'f hocail bheannaichte, agus am beatha 'chaitheamh ann an aonachd, agus an gradh diadhaidh. Guidheamaid ort na h-uile Righrean, Phrionnsan, agus Uachdarain Chriosdail a shabhaladh agus a dhion, agus gu h-àraidh do bhan-seirbhiseach *VICTORIA*, ar Ban-righ, a chum foipise gu'm bitheamaid air ar riaghladh, gu diadhaidh agus gu sàmhach: agus deonaich d'a comhairle uile, agus do na h-uile aig am bheil ughdasras foipe gu'm fritheil iad ceartas gu firinneach agus gu'n leth-bhreith, gu smachdachadh aingidheachd agus droch-bheairt, agus gu seasamh do chreidimh fhior fein, agus deadh-bheus. Thoir gràs, O Athair neamhuidh do na h-uile Easbuig agus Ministear, a chum gu nochdadadh iad a mach, araon le'n caithe-beatha agus le'n an teagasg t'fhocal fior agus beothail, agus gu'm fritheil iad do Shaecramaidean naomha, gu ceart agus gu h-iomchuidh; Agus thoir do ghras neamhuidh do d'shluagh

agus gu h-araidh do'n cho-thional a ta lathair an so: 'chum le cridhe seimh agus iomchuidh, gu'n eisd agus gu'n gabhl iad t'fhocal naomha; gu firinneach a'deanamh seirbhis dhuit an naomhachd agus an ionracas uile laithean am beatha; Agus guidheamaid ort gu ro umhail O Thighearna mhaith-easaich co-fhurtachd agus cobhair, a thoirt dhoihhsan uile a ta sa hbeatha dhiombuain so an trioblaid, hròn, uireashhuidh, tinneas, no amhgar air hith eile; Agus tha sinn cuideachd a' heannachadh t'ainme naomha arson do sheirbhiseach uile a tha'n deigh an cursa ruith 'sa bheatha so ann ad chreidimh agus ann a'teagal a' guidhe ort gràs a thoirt dhuinne mar so a leantuinn an deadh eisimpleir a chum maille riutsa gu'm hitheamaid 'nar luchd co-pairt do d'rioghachd neamhuidh: Deonaich so, O Athair, air sg.thIosa Criod ar n-aon Eadar-mheadhonair agus ar Fear-tay-raidh. Amen.

O DHE agus Athair ar Tighearna Iosa Criod, ar n-aon Slanuighear Prionnsa na sithe; Thoir dhuinn gràs gu bhi gabhail gu cridhe gu dùrachdach ar mòr chunnart a thaobh ar roinnean mi-shona; Thoir air falbh ar fuath agus ar claoen-bhàigh, no ni sam bith a bhacas sinn o aon-achd, agus o chordadh diadhaidh: agus do hhrigh 's nach 'eil ann ach aon Chorp, agus aon Spiorad, agus aou Dòchas ar gairme, aon Tighearna, aon Chreidimh, aon Bhaisteadh, aon Dia, agus Athair dhuinn uile, mar sin gu'm hi sinn uile a so suas a dh'aon chridhe, agus a dh'aon anam, aointe ann an aon cheangal naomha na Firinn, agus na Sithe, a' Chreid, imh, agus a' Ghràidh, a chum gu'm faod sinn le aon inntinn, agus lc aon bheul, thusa a ghlòrachadh, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O DHE, a Righ na glòire, a dh' ardaich t'aon Mhac Iosa Criod le mor bluaidh a dh'ionnsuidh do rioghachd air neamh; Guidheamaid ort, na fàg gu'n cho-fhurtachd sinn ach cuir d'ar n-ionnsuidh do Spiorad Naomh, d'ar co-fhurtachd, agus ardaich sinn a dh'ionnsuidh an ionaid cheudna gus an deachaidh ar Slanuighear Criod romhainn, a ta beo agus a' riaghlaadh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh aon Dia, saoghal gun chrioch. Amen.

An Teaghlach uile ri radh comhla.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichead t'ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a' deanamh air neamh: Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail; Agus maith dhuinn ar ciontainean, mar mhaitheas sinne dhoibh-san a ta ciontachadh 'n ar n-aghaidh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o'le; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir, gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gradh Dhe, agus co-chomunn an Spiorad Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

URNUIGH FHEASGAIR.

An seachdamh là, no Di-sathuirne.

An deigh a' Chaibdeil, tha an Teaghlaich ri seasamh suas, agus tha'n rann a leanas r'a leughadh le Ceann an Teaghlaich.

DEAN trocair orm, a Dhe, a reir do chaoimhneis graidh; a reir lionmhorachd do chaomh thròcairean dubh as m'easaontais. Salm li. 1.

An sin a' lubadh sios,
An Teaghlaich uile r'a aithris comhla,

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

O Chriod éisd ruinne.

A Thighearna dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichead t'Ainm. Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar a thatar a' deanamh air neamh : Thoir dhuinn an diugh ar n-aran lathail: Agus maith dhuinn ar ciontainean mar mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh; Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o'le; Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir gu siorruidh. Amen.

Ceann an Teaghlaich.

DHE Uile-chumhachdaich, a thug seachad dhuinne, t'aon
ghin Mhic gu bhi gabhail air ar naduir, agus gu bhi
air a bhreith o Oighe fhior-ghloin; Deonaich gu'm bi sinn
air ar n-ath-ghineamhuinn, agus gu'm bi sinn air ar dean-
amh 'nar cloinn dhuit-se tre uchd-mhacachd, agus tre ghràs
agus gu'm bi sinn air ar n-ath-nuadhachadh gach la, le do
Spiorad Naomha; tre an Tighearn Iosa Criod cheudna
a tha beo, agus a' rioghachadh maille riutsa agus ris an
Spiorad cheudna, aon Dia, saoghal gun chrioich. Amen.

O DHE, is e do fhreasdal neo-fhàilneach a tha 'g ord-
achadh nan uile nitibhbh, araon air neamh agus air tal-
amh; Tha sinn gu h-umhail a' guidhe ort gu'n cuir thu ar
falbh uainn na h-uile nithe dochannach, agus gu'n toir
thu dhuinn na nithe a bhiodh tarbhach dhuinn; tre Iosa
Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, a ta 'faicinn nach 'eil neart
air bith againn uainn fein, gu ar comhnadh fein:
Gleidh sinn araon o'n leth a muigh 'nar cuirp, agus o'n leth
a stigh 'nar n-anamaibh, a chum gu'm bi sinn air ar dion o
na h uile anighgharaibh a dh' fhaodas teachd air a chorpa
agus o na li-uile dhroch smuaintibh a bheir ionnsuidb, no
a ni cron air an anam, tre Iosa Criod ar Tighearna.
Amen.

DEONAICH O Thighearna, ionnas an uair a ta sinn air
ar baisteadh a chum bàis do Mhic bheannaichte ar
Slanuighear Iosa Criod, mar sin le bhi sior chlaoidh ar
n-anamiannan truaillidh, gu'm bi sinn air ar n-adhlacadh
maille ris, agus gu'n teid sinn trid na h-uaighe agus geata
a' bhàis gu'r n-aiseirigh aoibhneach, air son maiheas an ti a
bhàsaich, agus a dli' adhlaiceadh, agus a dh'eirich air ar
son, do Mhac Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, tre t'aon ghin Mhic Iosa
Criod, a thug buaidh air a' bhàs, agus a dh' fhosgail
duinne geata na beatha maireannaich; Guidheamaid ort
gu h-umhail, mar a ta thu 'g ar stiuradh le d' ghràs sòn-
ruichte, gu'n cuir thu deadh thograighean 'nar n-inntinuibh,
ionnas le d' shior chòmhnhadh gu'n toir sinn a' ni ceudna gu
buil mhaith, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DEONAICH, Guidheamaid ort, a Dhe Uile-chumhachdaich amhul mar a ta sinn a' creidsinn gu'n deachaidh t'aon ghin Mhic ar Tighearna Iosa Criosd suas gus na neamhan, mar sin gu'n teid sinne mar an ceudna an cridhe, agus an inntinn, suas do'n ionad cheudna, agus gu'n gabh sinn do ghnàth comhnuidh maille ris-san a ta beo agus a' riagh-ladh maille riutsa, agus ris an Spiorad Naomha aon Dia, saoghal gun chrioch. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, a gheall gu'n éisd thu ath-chuinge an dream a tha 'g iarruidh ort air sgath ainme do Mhic; Tha sinn a' guidhe ort, gu trocaireach gu'n aom thu ruinn do chluas, gu éisdeachd ri ar n-urnuighibh, agus ri ar n-athchuinge; agus deonaich gu'm bi na nithibh so a tha sinn ag iarruidh gu durachdach a reir do thoile fein, a chum gu'm faigh sinn gu buadhach fuasgladh o ar n-éigin-ean; agus gu'm foillsich sinn a mach do ghloir; tre Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, Athair nan uile thròcairean, tha sinne do sheirbhisich neo-airidh a' toirt buidheach-as umhail agus ro chridheil dhuit air son t-uile mhaiteas agus do chaoimhneas gràdhach dhuinne agus do na h-uile dhaoine; [gu h-àraid dhoibhsan a tha nis ag iarraidh am moladh agus an taing a thairgse dhuitsa arson do throcairean a dheònaich thu dhoibh.] Tha sinn 'ga d' mholadh arson ar cruthachadh, ar teasairginn, agus arson uile bheannachadh na beatha so; agus os ceann gach ni, arson do gbràidh gun choimeas ann an saoradh an t-saoghail le ar Tighearn Iosa Criosd; arson meadhonan nan gràs, agus dòchas na glòire. Agus thoir dhuinn mothachadh iomchuidh, tha sinn a' guidhe ort, air t'uile thròcairibh, chum gu'm bi ar cridheachan gu firinneach taingeil, agus gu'n nochd sinn a mach do mholadh, cha'n ann a mhain le ar bilibh, ach 'nar caithe-beatha; le sinn fein a thoirt suas gu d' sheirbhis, agus le gluasad ann ad' lathair an naomhachd agus an ionracas re ar n-uile laithibh, tre Iosa Criosd ar Tighearna, d'an robh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomha, gach uile onair agus gloir, saoghal gun chrioch. Amen.

GU robh an Tighearna 'g ar beannachadh, agus 'g ar gleidheadh; Gu robh an Tighearna a togail oirnne

dealradh do ghuise, thoir dhuinn sith, a nis agus a so suas gu brath. Amen.

URNUIGHEAN AIR SON CAOCH-LADH AMANNAN.

Urnuigh arson Ard Chùirt na Pàrlamaid r'a leughadh fad an Suidhe.

DHE ro ghràsmhoir, tha sinn gu h-umhail a' guidhc ort air son na Rioghachd so gu leir, ach gu h-araidh air son Ard Chùirt na Rioghachd, fo ar Ban-righ chreidich ro ordheire; Gu'n deonaich thu an comhairlean a stiuradh agus a chur air aghaidh do ghloir, agus maith t'Eaglais tearuinteachd, onair, agus tairhhe ar n-Uachdarain agus a Rioghachdan; chum gu'm bi na h-uile nithe air an ordachadh, agus air an socrachadh le'n dicheall air an steidh is fearr agus is diongmholta, a chum gu'm hi sith a's sonas, firinn a's ceartas, creidimh agus diadhachd air an daingneachadh 'nar measg air feadh nan uile linntibh. Na nithibh so, agus gach ni feumail eile air an son fein, air ar son-ne, agus air son t'Eaglais gu h-iomlan, tha sinn gu h-umhail a' guidhe ann an Ainm, agus air sgath Eadar-ghuidhe Iosa Criosd ar Tighearna agus ar Slanuighear beannuichte. Amen.

An àm Cogaidh agus Iorghuillibh.

DHE Uile-chumhachdaich, Righ nan uile righrean agus Fear-riaghlaidh nan uile nithe, cha'n urrainn creutair air bith cur an aghaidh do chumhachd-sa d'am buin gu fior cheart peacaich a smachdachadh, agus a hhi trocaireach do'n dream a ni fior aithreachas; Sahail agus saor sinne guidheamaid gu h-umhail ort, o lamhaihh ar naimhdibh; luglidaich an ardan, ceannsaichi a mmi-run, agus cuir an innleachdan an neo-hhrigh; chum air dhuinne a hhi arm-aichte le d' dhionsa; gu'm bi sinn ar air teasairgin gu siorr-

uidh tuille o gach uile ghàbhadh, gu gloir a thoirt dhuitse aon tabhartfhear na h-uile buaidh; tre mhaiteas t'aoin Mhic Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

CUIDICH sinn gu trocaireach, O Thighearna, ann ar n-athchuingibh, agus ann ar n-urnuighibh, agus teagaisg do sheirbhisich fein, anns an t-slige am faigh iad slainte shiorruidh; a chum agus a measg uile chaochlaidhean, agus thuiteamais na heatha bhàsmhor so, gu'm bi iad gu brath air an dion le do chobhair ullamh-sa a tha ro ghràsmhor; tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, tobar gach uile ghliocais d'an aithne na nithe air am hheil feum againn, mu'n iarr sinn iad, agus d'an aithne ar n-aineolas ann ar n-iarraidh Tha sinn a' guidhe ort gu'n gabh thu truas ri ar n-anmhuinneachdaibh; agus na nithe sin a thaobh ar neo-fhiuthalachd nach feud sinn, agus a thaobh ar doille 'nach urrainn sinn; deonaich gu'n toir thusa dhuinn iad air sgàth do Mhic Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

FOIRMEAN URNUIGHEAN ARSON NA MUINN-TIR THINN.

O THIGHEARNA, seall a nuas o neamh, feuch, fiosraich, agus fuasgail air do sheirbhiseach, seall a nuas air le suil do throcair, thoir co-fhurtachd, agus dochas anuadsa, dion e o chunnart a namhaid, agus gleidh e an sith agus an tearuinteachd do ghnath; tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

ADHE Uile-chumhachdaich agus a Shlanuighir ro throc-airich éisd ruinn; siudo mhaiteas gnathaichte a dh'ionnsuidh au neach so, do sheirbhiseach a ta air a chlaoidh le tinneas; Naomhaich guidheamaid ort, do smachdachadh athaireil dha: chum gu'n cuir a mothachadh a ta aige air a laige neart r'a chreidimh, agus diong'altachd r'a aithreachas: chum ma's e do dheadh thoilse, aiseag gus an t-slainte bh aige roimhe, gu'n caith e a chuid a leanas d'a hheatha ann a t'eagal, agus a chum do ghloir; no thoir gràs dha

gus t'fhiosrachadh a ghiulan, air chor agus an deigh do'n bheatha chràitich so dol seachad, gu'n gahh e comhnuidh maille riutsa am heatha mhaireannaich, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O DHE throcairich, a ta reir lionmhorachd do throcair-ean a' cuir air falhh peacannan na muinntir sin a ta gu fior aithreach, air chor agus nach cuimhnich thu iad ni's mo; Fosgail suil do throcair air an neach so do sheirbhiseach, a tha gu ro dhurachdach ag iarraidh fuasgladh agus maitheanais. Ath-nuadhaich ann, Athair ro ghradhaich na nithe sin a bha air caitheamh air falbh le mealltaireachd agus mi-run an diabhoil, no le a thoil agus anmhuiinneachd fheolmor fein; gleidh agus buannaich an neach easlaint so ann an aonachd t'Eaglais; smuaintich air a bhrùiteachd, gabh r'a dheoir, lughdaich a chràdh, mar a chi thu iomchuidh air a shon. Agus do hhrigh gu bheil e a mhain a' cur a lan earhsa ann ad' throcair, na cuir as a leth a pheacanna a chaidh seachad, ach neartaich e le do Spiorad beannachte; agus an uair is toil leat a thoirt as a so, gahh e gu d' dheadh-ghean fein, tre mhaiteas do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O SHLANUIGHEAR an t-saoghail, a shaor sinn le do chrann-ceusaидh agus le t'fhuil ro luachmhor, sabhail sinn, agus cuidich leinn, guidheamaid gu h-umhail ort
O Thighearna.

GU'N robh an Tighearna Uile-chumhachdach, a tha 'na dhaingneach laidir dhoibhsan uile a ta cur an earbsa ann, d'am bheil na h-uile nithe air neamh, air talamh, agus fo'n talamh a' lubadh, agus a' toirt geill, a nis agus gu siorrhuidh tuille na dhidean; agus gu'n tugadh e ort a thuig-sinn agus fhaireachduinn, nach 'eil Ainm air bith eile fo neamh air a thoirt do dhuine, ann, agus trid, am feud thu slainte, agus sabhaladh fhaotainn, ach a mhain Ainm an Tighearna Iosa Criod. Amen.

DHE Uile-chumhachdaich, agus shior-bheò, Cruithfhear a' chinne-daouina, a ta coireachadh na muinntir is gradhach leat, agus a smachdachadh gach aon a tha thu gahhail; guidheamaid ort, tròcair a dheanamh air an neach so do sheirbhiseach air ua leag thu do lainh, agus deonaich gu'n

gabh e a thinneas gu foighidneach, agus gu'm faigh e a shlainte chorparra, (ma's e sin do thoil ghrasail fein;) agus ge b'e uair a dhealaicheas anam r'a chorp, gu'm bi e gunsmal air a nochdadadh dhuitse; tre Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

THAT sinne 'ga d' thoirt suas do thròcair, agus do dhion gràsail Dhe. Gu'm beannaicheadh an Tighearna thu, gu'n gleidheadh e thu. Gu'n tugadh an Tighearna air a ghnuis dealrachadh ort, agus gu'm biodh e grasail dhuit. Gu'n togadh an Tighearna a ghnuis ort, agus gu'n tugadh e sith dhuit, araon a nis agus gu siorruidh tuille. Amen.

Urnuigh arson leanabh tinn.

ODHE Uile-chumhachdaich, agus Athair throcairich d'am buin a mhain criochan beatha agus bàis; Amhaire a nuas o neamh, guidheamaid gu h-umhail ort, le suilibh do throcair air an Leanabh so a ta nis 'na luidhe air lcabaidh tinueis; Thig g'a amharc, O Thighearna, le d' shlainte; fuasgail air na d' dheadh àm iomchuidh o chràdh corparra; sabhail anam air sgath do thròcair: a chum ma's e do thoil a laithean ashineadh anns an t-saoghal, gu'n caith e 'bheatha dhuitse, agus gu'm bi e 'na inneal air son do ghloir, le bhi deanamh seirbhis dhuit gu dileas, agus le maith a dheanamh r'a linn; air neo gabh e 'steach do na h-ionadaibh comhnuidh neamhuidh sin, far am bheil anmanna na muinnitir sin a ta 'nan cadal anns an Tighearna Iosa a' mealtuinn fois agus sonas siorruidh. Deonaich so, O Thighearna, air sgàth do thròcair anns an aon cheudna do Mhac ar Tighearn Iosa Criosd, a ta beo agus a' riaghlaigh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, aon Dia, saoghal gu'n chrioch. Amen.

Urnnuigh arson neach tinn an uair nach 'eil ach beag-sùil r'a theachd uaithe.

OAthair 'nan tròcairean, agus a Dhe 'nan uile chomhl-fhurtachd, ar n-aon chomhnadh an àm feum; Tha siunn-a' ruith ga t'ionnsuidh air son cobhair as leth au neach so-do slieirbhiseach, an so 'na luidhe fo d' laimh am mor an-mhuinneachd cuirp. Amhaire gu grasail air O Thigh-

earna; agus mar is mo a ta an duine o'n leth a muigh a' caitheamh air falbh, neartaich e, guidheamaid ort mar so-moran ni's mo le d' Spiorad naomha, 's an duine an leth a stigh. Thoir dha aithreachas neo-chealgach air son uile mhearachdan a bheatha a chaith seachad, agus creidimh diongholta ann ad' Mhae Iosa; a chum gu'm bi a phacanna air an cur air falbh le d' throcair, agus a mhaitheanas sculaichte air neamh, mu'n teid e a so agus nach faicear c ni's mò. Tha fios againn, O Thighearna, nach'eil focal sam bith neo-chomasach dhuitse, agus ma's àill leat gur urrainn thu eadhon fathast a thogail suas, agus tuilleadh ùine a thoirt dha 'nar measg-ne. Gidheadh, do bhrigh a reir na h-uile coslais gu'm bheil àm a chaochlaidh am fagus, mar so ull-aich agus deasaich e, guidheamaid ort, fa chomhair uair a bhais, chum air dha siubhal as an t-saoghal so an sith, agus ann ad' dheadh-ghean-sa, gu'm bi anam air a ghabhail a steach do d' rioghachd shiorruidh, tre mhaiteas agus cadar-ghuidhe Iosa Criod, t'aon Mhae, ar Tighearna agus ar Slanuighear. Amen.

Urnuigh thraigse arson neach tinn ri uchd bāis.

O DHE Uile-chumhachdaich, leis am bhcil spioraid na'm firean beo air an deanamh fairfe, air dhoibh a bhi air an saoradh o'm priosanaibh talmhuidh: Tha sinn gu h-umhail a' tairgse suas anam an neach so, do sheirbhiseach, ar brathair ionmhuinn, do d' lamhaibh-sa, mar ann an lamhaibh cruthfhear dileas, agus Slanuighear ro thròc-airreach; gu ro umhail a' guidhe ort gu'm bic luach-mhor ann ad' shealladh. Nigh c, tha sinn ag urnuigh riut, ann am ful an Uain gu'n smal, a mharbhadh a thoirt air falbh peacannaibh an t-saoghal; ionnas ge b'e air bith an salchar a thionail e am measg an t-saoghal thruaigh agus aingidh so, ana-miannaibh na feola, no innleachdaibh an diabhoil, air dhoibh a bhi air an glanadh air falbh, gu'm bi e air a thaisbeanadh fior-ghlan, agus gun smal ann ad' lathair-sa. Agus teagaisg dhuinne a ta beo na dheigh ann an so, agus na leithidibh eile do sheallaidhibh lathail air bàs-mhorachd, gu faic sinn cho lag, agus neo-chinnteach 'sa tha ar staid fein; agus mar so gu'n aireamh sinn ar laithean, a' toirt ar cridheachan suas da-rireadhl do'n ghliocas neamh-uidh agus naomh sin, am fad 's tha sinn beo an so, a bheir

fadheodh sinn gu beatha mhaireannaich, tre mbaiteas Iosa Criod t'aon Mbac, ar Tighearna. Amen.

Urnuigh arson neach a tha fo thrioblaid inntinn no cogais.

O THIGHEARNA bheannaichte, Athair nan tròcair-ean, agus a Dhe nan uile cho-fhurtachd; Guidheamaid ort, ambaire a nuas an iochd, agus an truas air an neach so do sheirbhiseach a tha fo amhgar. Tha thu sgriobhadh nithe searbb 'na aghaidh, agus a' toirt air 'aingidheachd a chaidh seachad a sbealbhachadh; tha t'fhearg a' luidhe gu trom air, agus tha anam lan do thrioblaid: Ach O Dhe thròcairich, a sgriobh t'Fhocal naomh air son ar foghlum a chum tre fhoighidin, agus co-fhurtachd do Sgriobtuirean naomha, gu'm biodh dochas againn; thoir dha tuigse cbeart air fein, agus air do bhagraibb, agus air do gheallaidean; chum nach tilg e air falbb a mhuinghinn annad, agus nach socraich e i an aite air bith ach annadsa. Thoir dha neart an aghaidb a bhuaireadh, agus slànaicb euslainteau uile, Na bris a' chuile bhrùite, agus na much an lion d'am bheil caol smuid. Na druid do chaomb thròcairean ann ad' chorruich; acb thoir air gu'n cluinn e mu aoibhneas agus subhachas, chum gu'n dean na cnamhan a bhrist thu gairdeachas. Saor e o eagal an namhaid, agus tog suas solus do gbnuis air, agus thoir sith dha tre mbaiteas agus eadar-ghuidbe Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

Urnuigh an àm Plàigh no Tinnis choitchionn.

O DHE Uile-cbumhachdaich, a chuir ann a d' chorruich plàigh air do shluagh fein anns an fhasach, air son an ar-a-mach rag-mhuinealach an aghaidh Mhaois agus Aaroin, agus mar an ceudna a mharbh ri linn rigb Daibhidh le plaigh Galair tri fishead agus deich mile, agus gidheadh ag cuimhneachadh do thròcair, a shabhail càch; Dean iochd oirnne, peacaich thruagha, air an d'thainig a nis mor thinnneas agus bàsmhorachd; ionnas agus mar a ghabh thu anns an àin sin ri iobairt-reitieb, agus mar a thug thu àithne do aingeal an sgrios, sgur o smachdachadh, mar sin, deònach a phlàigh agus an tinneas cràiteach so a tharruing air falbh uainne tre Iosa Criod ar Tigbearna. Amen.

FOIRMEAN URNUIGH A TA RI BHI AIR AN
CLEACHDADH AIG FAIRGE AN AM GABHAIDH

Urnuighean Coitchionn.

THIGHEARNA bi tròcaireach dhuinne peacaich, agus saor sinn air sgàth do thròcair.

Is tusa an Dia mòr a rinn, agus a ta riaghlaadh nan uile nithe: O sabhail sinn air sgàth t-ainme.

Is tu an Dia mer, a ta 'na d' chuis eagail os ceann nan uile: O sabhail sinn a chum's gu mol sinn thu.

An Aidmheil.

DHE Uile-chumhachdaich, Athair ar Tighearna Iosa Criod; Cruithfhear nan uile nithe, Breitheamh nan uile dhaoine; Tha sinne ag aideachadh, agus a' caoidh ar peacannan, agus ar n-aingidheachd lionmhòr; a chuir sinn o àm gu àm gu ro uamharra an gniomh, le smuain, le focal agus le deanadas, an aghaidh do Mhorachd Dhiadhaidh. A' brosnachadh gu ro cheart, t'fhearg agus do chorruich 'nar n-aghaidh. Tha sinngu durachdach a' gabhail aithreachais; agus tha bàrn mor cridhe oirnn air an son so, ar droch dheanadais; Tha cuimhneachadh orra craiteach dhuinn; tha'n calldach do-iomchair. Dean tròcair oirnn. Dean tròcair oirnn, Athair ro thròcairich, air sgàth do Mhic ar Tighearna Iosa Criod, maith dhuinne na h-uile nithe a chaidh seachad; agus deonaich gu'n dean sinn gu brath an deigh so seirbhis thaitneach dhuit an nuadhachd beatha; Chum onair agus gloir t'ainnie, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

O THIGHEARNA DHE ro ghormhor agus ro ghras-mhor, a ta chomhnuidh air neamh, ach a' faicinn gach ni tha bhos air talamh; amhairec a nuas, tha sinn a' guidhe ort, agus éisd ruinne a tha ag eigeach a mach a doimhne na truaighe agus a tuinn a bhàis so, a ta nis ullamh gur slugadh suas; A Thighe arnasabhal sinn, no bithidh sinn caillette. Bheir na beothaibh, bheir na beothaibh moladh dhuit. O cuir a mach focal do smachd a

chronachadh na gaoith bhuaireasaich, agus na fairge bheuch-aich, chum air dhuinn a bhi saoirte o'n éigin so gu'm bith-camaid beo gu seirbhis a dheanamh dhuit, agus gu gloir a thoirt do t'Ainm fad uile laithean ar beatha. A Thighearn éisd ruinn, agus teasraig sinn air sgàth toillteanas neo-chriochnachte ar Slanuighear bheannaichte do Mhac ar Tighearn Iosa Criod. Amen.

THUSA O Thighearna a chiùinicheadh onfhadh na fairge, éisd, éisd ruinn, agus sabhail sinn a chum nach caillear sinn.

O Shlanuighear Bheannaichte, a shabhail do Dheisciobuil a bha ullamh gu bhi caillte anns an doinionn, éisd ruinn agus teasraig sinn, tha sinn a' guidhe ort.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

O Thighearna, éisd ruinn.

O Chriosd, éisd ruinn.

Dhe an t-Athair, Dhe a' Mac, Dhe an Spiorad Naomh, dean tròcair oirnne, agus sabhail sinn a nis agus gu brath Amen.

AR n-Athair a ta air neamh, Naomhaichear t'ainm Thigeadh do rioghachd; Deanar do thoil air talamh, mar thatar a' deanamh air neamh: Thoir dbuinn an diugh ar n-aran-lathail; Agus maith dhuinn ar cointainean mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh Agus na leig am buaireadh sinn, Ach saor sinn o' ole; Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd agus a' ghloir, gu siorruidh. Amen.

O THIGHEARNA Dhe ro chumhachdaich, agus ghlor-mhor, air t'àithne séididh na gaothan a thigas tuinn na fairge, agus 's tu cbuireas a h-onfhadh na tosd mar an ceudna; tha sinne do chreutairean a ta 'nar peacaich thruagha, a' glaodhaich riutsa ann an àm so ar mor airc arson cobhair; sabhail sinn, O Thighearna, no caillear sinn. Tha sinn ag aideachadh, 'nuair a bha sinn tearuinte agus a chunnaic sinn gach ni mar timchioll ann am fois, gu'n

dhi-chuimhnich sinn tbusa ar Dia, agus gu'n do dhiult sinn éisdeachd ri guth siotebail t'fhocail, agus umhlachd a thoirt do t'aitheantaibb. Ach a nis, tha sinn a' faicinn eia uambasach 's tha thu ann a t'uile oibrribh iongantach; Is tusa an Dia mor roimh an còir eagal a bhi os ceann 'nan uile; agus uime, sin tha sinn a' toirt aoradh do d' Mhorachd dhiadhaidh, ag aideachadh do chumhachd, agus a' guidhe do mhaitheis. Thighearna cuidieb, agus sabhail sinn air sgàth do thròcair ann an Iosa Criod do Mhac ar Tigh-earna. Amen.

Buidheachas an deigh gâbhaidh.

Jubilate Deo. Salm lxvi.

TO GAIBH iolach ait do Dhia, a thirean uile: seinnibh gloir ainme, deanaibh a chliu glormhor.

Abraibh ri Dia, Cia uambasacb t'oibre; trid meud do neirt, striochdaidh do naimbde dhuit.

Sleuchdaidh gach tir dhuit, agus seinnidh iad dhuit; seinnidh iad do t'ainm.

Thigibh, agus faicibh oibre Dbe: uambasach tha e na ghniomharaibh air chloinn nan daoine.

Thionndaidh e a' mhuir gu talamh tioram: troimh'n t-sruth ghabh iad thairis d'an cois. An sin rinn sinn gairdeacbas ann.

Le threun neart riaghlaidh e gu brath; amhaircidh a shuilean air na cinnich: na h-ardaicheadh luchd ceannaire iad fein.

Beannaichibh, O shloigb, ar Dia-ne, agus thugaibh air fuaim a mholaidh a bhi air a chluinntinn.

Neach a chumas ar n-anam beo, agus nach leig le'r cois carrachadh.

Oir dhearbh thu sinn, a Dbe; ghlan thu sinn san teine mar airgiod.

Thug thu steach san lion sinn; chuir thu teine air ar leasraidh.

Thug thu air daoine marcachd thar ar einn: chaith sinn troimhe theine, agus troimhe uisce; ach thug thu machi sinn gu h-ionad saibhir.

Theid mi do d' thigh le h-lobairtibh loisgte: coimhlionaidh mi mo bhòidean.

Leis an d'fhosgladh mo bhilean, agus a labhair mo bheul 'nuair a bba mi ann an éigin.

Iobairtean loisgte, do sfeudail reamhar, iobraidh mi dhuit, maille ri tùis reitheachan; bheir ni suas buar maille ri gobhraibh.

Thigibh eisdibh, sibhse uile air am bheil eagal De; agus cuiridb mi'n ceil na rinn e air son m'anma.

Ghlaodb mi ris le m' bbeul, agus dh'ardaicbeadh e le m theangaidh.

Ma bheir mi spéis do euceart a'm' chridhe, cha'n eisd an Tighearna rium.

Gu dearbh dh'éisd Dia, thug e an aire do ghuth m'urnuigh.

Beannaichte gu robh Dia, nach do thionndaidh m'urnuigh uaithe-san, agus a thròcair uamsa.

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh.

Mar a bha e o thùs, tha e nis, agus bitbidh gu siorrhudh, saoghal gun cbrioch. Amen.

Confitemini Domino. Salm cvii.

O THUGAIBH buidheachas do'n Tighearn, oir tba e maith, oir gu brath mairidh a thròcair.

Mar so abradh iadsan a shaoradh leis an Tighearn, a shaor e o laimh an nàmhaid;

Agus a chruinnich e as na tìribh, o'n àirde an ear agus o'n àirde an iar; o'n àirde tuath agus o'n àirde deas.

Chaidh iad air seachran anns an fhàsach, ann an ionad uagneach: slighe gu baile taimh cha d'fhuair iad.

Ocrach agus tartmhòr, dh'fhailnicb an anam annta.

An sin gblaodh iad ris an Tighearna 'nan airc, agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

Agus threòraich e iad air slighe cheirt, chum gu rachadh iad gu baile tàimh.

O gu moladh daoine Dia air son a mbaitheas, agus air son a bhearta iongantach do chloinn nan daoine;

Oir shàsuich e an t-anam ciocrach, agus lion e an t-anam acrach le maith;

Iadsan a shuidb an dorchadas agus ann an sgàile a' bbàis ceangailte ann an truaighe agus an iarunn.

A chionn gu'n d'rinn iad ceannaire an aghaidh bhriathra Dhe, agus gu'n d'rinn iad tàir air comhairle an Ti a's àirde;

Aig an do leagadh sios an cridhe le docair; thuit iad agus cha robh fcar-cuideacbaidh ann:

An sin ghlaodh iad ris an Tighearna 'nan airc, agus as an teanntachdaibh sbaor e iad.

Tbug e iad a dorchadas agus a sgàile a' bhàis, agus bhrist e o chéile an cuibhreach.

O gu moladh daoine an Tighearna air son a mhaitheis agus air son a bhearta iongantach do chloinn nan daoine.

Oir bhrist e na geatacban umha, agus ghearr e sios na cruinn iarunn.

Bha amadain, air son an eusaontais, agus an eucearta fo àmhghar.

Do gach biadh ghabh an anam gràin, agus thainig iad dluth do dhorsaibh bàis.

An sin ghlaodh iad ris an Tighearna nan airc, agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

Chuir e fhocal uaith, agus sblànuich e iad: agus shaor e iad o sgrios.

O gu moladh daoine an Tighearn, air son a mhaitheis agus air son a bhearta iongantach do chloinn nan daoine.

Agus gu'n iobradh iad iobairte buidheachais, agus gu'n cuireadb iad an céill a gbniombara le luath-ghaire.

Iadsan a thcid sios do'n fhairge air longaibb, a ni obair air uisgeachaibh mòra.

Chi iadsan gniomharan an Tighearan, agus a blicarta iongantach san doimhne.

Oir labhraidb e, agus dùisgidh e a' ghaoth dboinionnach, agus togaidh i a tonnan.

Theid iad suas gus na neamhaibh, theid iad do na doimhneachdaibh: le h-amhgar leaghaidh an anam.

Theid iad thuige agus uaithe, tuislichidh iad mar dhuine air mbis; agus theid as d'an céill uile.

An sin glaodbaidh iad ris an Tighearn 'nan airc, agus as an teanntachdaibh bheir e iad.

Cuiridh e an doinionn gu fèith: agus bithidh a tonnan nan tàinidh.

An sin bithidh iad ait, a chionn gu'm bi iad sàmhach; agus bheir e iad do'n chaladh a's miannach leo.

O gu moladh daoine an Tighearna air son a mhaitheis agus air son a bhearta iongantach do chloinn nan daoine.

Agus gu'n àrdaicheadh iad e ann an co-thional an t-sluaigh, agus ann an àite-suidhe nan seanair gu moladh iad e.

Ni e aimhniche 'nam fasach, agus tobair uisge 'nan tal amhl tartmhor.

Fearann beartach ni e fàs, air son aingidheachd a luchd àiteachaidh.

Ni e fàsach 'na linne uisge, agus fearann tioram na thobraichibh uisge.

Agus an sin bheir e air na h-acraich comhnuidh a ghabhail; agus deasaichidh iad baile tàimh.

A chum gu'n siol-chuir iad achanna, agus gu'n suidhich iad fion-liosan; agus bheir iad toradh paitt uatha.

Agus beannaichidh e iad, agus fàsaidh iad ro lionmhor; agus cha lughdaich e an spreidh.

Ach a ris ma pheacaicheas iad, lughdaicheadh agus leagar iad le fairneart, olc, agus doilgheas.

Ge d'a dh'fhuiling e do luchd fairneart an sàrachadh, agus a leig e dhoibh dol as an t-slighe 'san fhàsach.

Gidheadh togaidh e suas am bochd o' thruaighe, agus ni e teaghlaichean dha mar threud.

Chi na fircana so, agus bidh iad ait; agus druididh gach euceart a beul.

Co a ta glio, agus a bheir fanear na nithe sin; tuigidh esan caoimhneas gradhach an Tighearna.

Gloir a bhi do'n Athair, agus do'n Mhac; agus do'n Spiorad Naomh;

Mar a bha e o thùs, tha e nis; agus bidh gu siorruidh saoghal gun chrioch. Amen.

Laoidh Mholaidh agus Bhuidheachais an deigh doininn chunnartaich.

O THIGIBH, thugamaid buidheachas do'n Tighearna oir tha e grasmhor: agus mairidh a thròcair gu siorruidh.

Is mor an Tighearna, agus is airidh e a bhi gu mòr air a mholadh; abradh iadsan so, a shaor an Tighearna: iadsan a thearuinn e o on-fadh neo-thruacanta na fairge.

Tha'n Tighearna gràsmhor, agus làn do dh'iochd: mall a chum feirge, agus mor an tròcair.

Cha do bhuin e ruinne a reir ar n-aingidheachd.

Ach mar a ta neamh àrd os-cnnnn na talmhuinn; is co mòr a bha thròcair do'r taobh-ne.

Fhuair sinn trioblaid, agus túrsa: bha sinn eadhoin aig doras a' bhàis.

Cha mhòr nach do chòmhdaich uisgeacha na fairge sinn

cha mhór nach deachaidh na h-uisgeachan buaireasacb thar ar n-anama.

Bheuchd an cuan; agus thog a' ghaoth bhuaireasach suas tonnan na fairge.

Ghiulaineadh sinn mar gum b'eadh suas gu neamh, agus sios a ris do'n doimhne; leagh ar n-anam an taobh a stigh dhinn, do bhrigh ar trioblaid.

An sin gblaodh sinn riutsa O Tbighearna; agus sbàbbail thu sinn as ar n-éiginn.

Beannaichte gu'n robh t-Ainm-se nach d'rinn tàir air urnuigh do sheirbhiseach; ach a dh'éisd ri'r n-urnuigh agus a shàbhail sinn.

Chuir tbu mach t-aithne; agus stad an doinionn gharbb agus thionndaidh i gu ciùine.

O molamaid uime sin an Tighearna air-son a mhaith-eis; agus nochdamaid na h-ióngantais a rinn e, agus ris am bbeil e a ghnatb, air-son chloinn nan daoine:

Gu'n robh an Tighearna air a mholadh gach la; eadh-on an Tighearna a chnìdich sinne, agus a dhoirt a thiodh-lacadh oirnn.

Is esan ar Dia, eadhoin ar Dia o'm bheil ar slainte a teachd; 's e Dia an Tighearna, leis an deachaidh sinn as o'n bhàs.

Rinn thusa a Thighearn aoibhneach sinn tre oibribh do lamh, agus ni sinn gairdeachas ann a d' chliù.

Beannaicte gu'n robh an Tigbearna Dia; eadhoin an Tighearna Dia a ta mhàin ri nithe ióngantach.

Agus beannaichte gu'n robh Ainm a mborachd gu siorruidb; agus abradb gach aon aguinn. Amen, Amen.

Beannuichte gu robb Ainm an Tighearna; o'n àm so a macb gu brath, gloir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh.

Mar a bha air tùs, a ta e nis, agus a bhitheas gu brath saoghal gun chrioich. Amen.

Urnuighean Buidheachais.

O THIGHEARNA Dhe ro bheannaichte, agus ro ghlor-mhòr, tba do mhaiteas agus do thròcair neo-chrioch-nuichte; Tha sinne do chreutairean bochd a rinn, agus a chaomhain thu, a' cumail ar n-anmaibh ann an beatha agus a shaor sinn a nis o ghiallaibh bàis, gu h-umhail a, teacbd ann an lathair do Mhorachd Dhiadhaidh gu tairgse

ar n-iobairt mholaidh agus bhuidheachais, a chionn gu'n d'éisd thu ruinn 'nuair a ghairm sinn ort 'nar trioblaid, agus nach do dhiult thu ar n-urnuigh, a rinn sinn a d' lathair 'nar mor éigin; eadhoin an uair a thug sinn thairis gach ni, ar Long, ar Bathar, agus ar beatha gu bhi cailte an sin dh'amhaire thu oirnn gu tròcaireach, agus dh'aithr̄ thu gu h-iongantach saorsa, air son am bheil sim a nis air ar tearnadh; tha sinn a' toirt gach uile chliù agus gloir do t'Ainm naomha fein, tre Iosa Criosd ar Tighearn. Amen.

Urnuigh eile.

O DHE ro chumhachdaich agus ro gbràsmhor, tha do thròcair os-cionn t-oibre gu leir, ach air dhoigh shonruichte bha i air a sgaoileadh a mach dhuinne, a rinn thu gu cumhachdach agus gu h-iongantach a dhion. Nochd thu dhuinne nithe uamhasach, agus iongantach anns an doimhne, a chum's gu faiceamaid cia co cumhachdach agus co gràsmhor an Dia thusa; a ta co comasach agus co ullamh, gu còmhnad na muinntir a ta cur an earbsa annad. Leig thu fhaicinn dhuinne, cia mar a ta araon na gaothan agus na cuantan umhail do t'aithne, chum gu foghlumadh-maid, uapasan an deigh so, a bhi umhail do d' ghuth, agus do thoil a dheanamh. Uime sin tha sinn a' beannachadh agus a' glorachadh t'Ainme air son do thròcair so 'nar sabhaladh 'nuair a bha sinn ullamh gu bhi cailte; agus tha sinn a' guidhe ort, ar deanamh nis, co fior mhothachail air do thròcair, agus a bha sinn mu'n chunnart: agus thoir dhuinne cridheachan ullamh a ghnath gu nocbdadh ar taingealachd, cha'n ann a-mhàin le'r briathraibh, ach mar an ceudna le'r caithe-beatha agus le bhi ni's umhaille do t'aitheantan naomh. Tha sinn a' guidhe ort, gu'm buann-aich thu do mhaitheas dhuinne, chum's gu'n deanamaide a chaidh a thearnadh leatsa seirbhis dhuit ann an naomh-achd agus am fireantacbd fad uile laithean ar beatha, tre Iosa Criosd ar Tighearna agus ar Slanuigbear. Amen.

2 Cor. xiii.

G U'N robh gràs an Tighearn Iosa Criosd, gràdh Dhé, an Athar, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu bràth. Amen.

*Dà Urnuigh a tha ri bhi air an cleachdadh gach là
an Càbhlach na Ban-righ.*

O THIGHEARNA, A Dhe shiorruidh, a ta amhain a' sgaoileadh a mach nan neamhan, agus a' riaghlaadh on-fhadh na fairge; chuitaich thu na h-uisgeachan le criochaibh gus an d' thig crioch air la agus oidhche; Deonach sinne, agus an Cabhlach 'sa bheil sinn ri seirbhis a ghabhail fo d' dhion uile-chuinhachdach agus ro ghràsmhor. Sabhail sinn o chunnartaibh na fairge, agus o fhoir-neart a' namhaid, chum's gum bi sinn 'nar dion do'r n-ard-Uachdaran, Ban-righ *VICTORIA*, 's da Rioghachdaibh, agus 'nar tearmann do d' shluagh so a sheolas na cuantaibh mu ghnothaichibh laghail, chum's gu'n dean luchd-aitich ar n-Eilein seirbhis dhuit O Dhe ann an sith agus samhchair, agus gu'm faod sinn pilleadh 'an tearuinteachd gu mealtuinn beannachadh ar tire, maille ri toradh ar saoithreach, agus le cuimhneachan taingeil air do thròcairibh, gu'n cliùthraig agus gu mol sinn t'Ainm Naomha, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

Urnuigh.

O THIGHEARNA stiuir sinne ann ar deanadas, le t'fhabhar ro ghràsmhor, agus thoir air ar n-aighaidh sinn le d' shior-chomhnadh, chum gu'm bi ar n-uile oibríbh a' tòiseachadh, a' buannachadh agus a' criochnachadh annadsa agus gu'n glòraich sinn t'Ainm naomha, agus fadheoidh le d' thròcair gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

*An Urnuigh ata ra radh romh Chogadh an aghaidh
namhaid air Muir.*

O THIGHEARNA Dhe, ro chumhachdaich, agus ro ghlormhor, a Thighearnà' nan sluagh, a ta riaghlaadh agus ag àithneadh nan uile; tha thu a d' shuidhe air a chathair a' toirt breith cheart: agus air an aobhar sin tha sinn ag achanaich ri d' Mhorachd dhiadhaidh, ann an àm so ar n-eigin; chum gu'u gabhadh tu a' chùis ann

ad' laimh fein, agus breth a thoirt eadar sinn agus ar naimh-dean. O Thighearna, tog suas do neart, thig agus cuidich sinn: oir cha'n eil thu ghuath a' toirt buaidh do'n dream laidir, ach is comasach dhuit sabhaladh le moran, no le heagan O na glaothadh ar peacanna 'nar n-aghaidh arson dioghal-tais, ach éisd ruinne do sheirbhisich thruagh a ta guidhe tròcair, agus ag iarraidh do chobhair chum's gu'm biodh tu dhuinn ad' dhidean an aghaidh gnùis an namhaid. Dean aithnichte gur tu ar Slanuighear, agus ar Fear-saoraidh cumhachdach, tre Iosa Criod ar Tigbearna. Amen.

Urnuighean sonruichte do thaobh an namhaid.

THA thusa, O Thighearna, ceart agus cumhachdach; O dion ar cùis an aghaidh gnùis an namhaid.

O Dhe, a tha ann a d' dbaingneach laidir dionaidh do na h-uile theicheas ad ionnsuidh; O sabhail sinn o fhoir-neart an namhaid.

O Thighearna nan sluagb, cog air arson, cbum gu'n clìuthaicheamaid thu.

O na leig dhuinn tuiteam fo callaich ar peacaids fein no fo fhoirneart an namhaid.

O Thighearna, éirich cuidich sinn, agus saor sinn air sgàth t'Ainne.

DIA Uile-chumhachdach ar n-athair neambuidh, d'a mhor thròcair a gheall maitheanas peacaids dhoibhsan uile a pbilleas le aithreachas cridhe, agus fior chreidimh d'a ionnsuidh; Gu'n dean e tròcair oirbh, gu maith, agus gu'n saor e sibh o ur n-uile pheacannaibh, gu'n daingnich agus gn'n neartaich e sibh, anns an uile mhaitheas, agus gu'n toir e sibh gu heatha mhaireannaicb, tre Iosa Criod ar Tighearna. Amen.

An deigh Buaidh no saorsa bho namhaid.

MAR bitheadh an Tighearn air ar taohh, a nis faodaidh siun a' radh: mar biodh an Tighearna fein leinn, 'nuair a dh'eirich daoine suas 'nar n-aghaidh;

Shluigeadh iad suas gu h-ealamh sinn, an uair a bha iad cbo feargach, agus cho diombach dhinn.

Seadh bhàthadh na h-uisgeachan sinn, agus rachadh an

sruth thar ar n-anam: rachadh uisgeachan domhain nan uaibhreach thairis air ar n-anam,

Ach cliù gu'n robh do'n Tighearna: nach d'thug sinne thairis dhoibh mar cbreich.

Dh'oibrich an Tighearna: Slainte chumbachdach air ar son.

Cha d'fhuair sinn so le'r claidheamh fein, ni mo a thearnadh sinn le'r gairdean fein; ach le d' laimh dheis agus le d' ghairdean-sa, agus le solus do ghnùise do hhrigh gu'n robh bàigh agad ruinn.

Nochd an Tighearna e fein air ar son; chomhduich an Tighearn ar cinn, agus thug e oirnn seasamh ann an là a chatha.

Nocbd an Tighearn e fein air ar son; chuir an Tighearn an ruaig air ar naimhdibh, agus bhrist e 'nam bloighdibh iadsan a dh'eirich 'nar n-aghaidh.

Uime sin, O Tighearna, ni h-ann dhuinne: ach do t'Ainm-se gu'n robh a ghloir air a' toirt.

Rinn an Tighearn nithe mor air ar son; nithe mor rinn an Tighearn air ar son, agus air son na nithe sin, tha sinn ri gairdeachas.

Tha ar còmhnhadh aig seasamh anu an Ainm an Tighearna; a rinn neamh agus talamh.

Beannaichte gu'n robh Ainm an Tighearna : o'n àm so a mach gu brath.

Gloir do'n Atbair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh.

Mar a bha air tùs, a ta nis, agus a bithidh gu brath saoghal gun chrioch. Amen.

Urnuigh.

O DHE Uile-chumhacbdaich, ard Uachdar an t-saoghail gu léir ann a d' laimh tha cumhachd agus neart, nach comasach do neach sam bith, seasamh a t-aghaidh: tha sinn a' beannachadh agus a' moladh t'Ainm mor agus glormhor air son na buaidh shona so, tha sinn a' toirt na gloir gu h-iomlan dhuitse a ta mhain a t'fhear toirt buaidh, agus tha sinne a' guidhe ort, gràs a thoirt dhuinne gus na mor thròcairean so a chuir gu buil mhaith a chum do ghloir-se, agus a cbum do shoisgeul a chur air aghaidh, gn onair ar n-Uacbdarain, agus gu maith a' chinne-daonna gu

leir cho fad sa ta sin a' luidhe 'nar comas; Agus guidh, eamaid ort a' leithid do mhothachadh a thoirt dhuinn air an tròcair mhoir so, 's a ni sinne fior thaingeil, a dh'fheudar a thoirt fainear 'nar caithe-beatha, le imeachd gu h-iriosal, gu naomh, agus gu h-umhail ann a d' lathair fad uile laithean ar beatha: tre Iosa Criod ar Tighearn; dhàsan maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh gu'n robh airson t-uile thròcairibh, agus gu h-araidh air son na buaidh agus na saoirsinn so, gach uile onair agus gloir, saoghal gun chrioch. Amen.

2 Cor. xiii.

GU'N robh gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gràdh Dhe, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, maille ruinn uile gu siorruidh. Amen.

Aig Adhlacadh am marbh aig Muir.

UIME sin, tha sinn a' tilgeadh a' chuirp so do'n doimhne, a chum gu'm pill e gu truaillidheachd, ag amhare ri ais-eiridh a chuirp, 'nuair a bheir an fhairge uaipe na mairbh a ta innte, agus beatha an t-saoghail gu teachd tre ar Tighearna Iosa Criod; neach a 'nuair a thig e a chruth-atharraicheas ar corp diblidh a chum 's gu'm bi e co-chos-mhuil r'a chorp glormhor fein a réir an oibreacaidh chumhachdaich leis am bheil e comasach, air na h-uile a chur fàcheannsail da fein.



